

## **Aithisg Sgrùdaidh Chomhairle nan Eilean Siar**

### **Còd an fhoillseachaidh: OPS-0312-127**

### **Gearran 2012**

'S e an aithisg seo toradh obair sgrùdaidh is measaidh a rinn Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim. Nì sinne co-dhùnadh air dè am meud de sgrùdadh a bhios a dhìth air seirbheisean ùghdarrasan ionadaile le bhith a' dèanamh measadh sgrùdaidh tùs-ìre (MSTI). Bidh seo a' beachdachadh air far a dh'fhaodadh cunnart a bhith ann aig ìrean ro-innleachd agus seirbheis.

Bidh fòcas MSTI air naoidh ceistean a thaobh cunnairt:

1. Bheil fianais ann air riaghladh èifeachdach, a' toirt a-steach rianachd maoineachais?
2. Bheil stiùireadh is taic èifeachdach ann a thaobh luchd-obrach?
3. Bheil fianais ann air deagh bhuil a thaobh luchd-cleachdaidh sheirbheisean agus luchd-cùraim thar nam buidhnean-cùraim?
4. Bheil fianais ann air measadh is stiùireadh cùraim aig àrd-ìre?
5. Bheil fianais ann air measadh is stiùireadh èifeachdach cunnairt a thaobh neachan-cleachdaidh seirbheis air leth, an dà chuid a thaobh cunnart dhaibh fhèin agus dìon pobail?
6. Am bi an t-seirbheis obrach shòisealta a' gabhail os làimh fèin-mheasadh èifeachdach a bheir toradh a thaobh leasachaidh, planaidh agus libhrigidh?
7. Bheil co-obrachadh èifeachdach ann?
8. Bheil poileasaidhean, modhan-obrach agus cleachdaidhean a rèir laghan co-ionannachd agus còraichean daonnda, agus a bheil seirbheisean ann a nì oidhearp air bacaidhean a chumas daoine a-mach às a' chomann-sòisealta a thoirt air falbh?
9. Bheil raointean àraid far a bheil dlùth-àire agus leasachadh deatamach?

Rinn sinn measadh aig tùs-ìre air seirbheisean obrach shòisealta an Lùnastal agus Sultainn 2011. Rinn sinn seo le bhith:

- a' leughadh 76<sup>1</sup> cunntasan, le taic o chòignear ionadail a leugh faidhlean;
- a' beachdachadh air susbaint 600 sgrìobhainnean neo mar sin, a chaidh a thoirt seachad an aona chuid leis a' Chomhairle air neo a shir

<sup>1</sup> Clann is teaghlaichean = 20 cunntas; Cùram Coimhearsnachd = 46; Ceartas eucoireach = 10  
Duilleag 1 de 33

Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim;

- a' toirt an aire aithisg-coileanaidh Bhuidheann-Sgrùdaidh Obrach Shòisealta (foillsichte Samhain 2006) cho math ri aithisgean a rinneadh an dèidh seo (Dàmhair 2008 is Gearran 2009) gus sùil a chumail air adhartas sam bith a rinneadh a thaobh mholaidhean agus a thaobh aithisg-sgrùdaidh BSOS air seirbheisean obrach shòisealta a bhuin ri ceartan eucoireach anns a' Chom-pàirteachas Mu Thuath (foillsichte Samhain 2005);
- a' sgrùdadh staitistigean foillsichte nàiseanta a thaobh coileanaidh;
- a' beachdachadh air fianais sgrùdaidhean eile, a' gabhail a-steach sgrùdaidhean a rinneadh le Oifis Luchd-Sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh air seirbheisean a nì dìon cloinne (foillsichte Faoilleach 2012); aithisgean Choimisean a' Chùraim air altramachd is uchd-mhacachd (foillsichte mu dheireadh Gearran 2011) agus Sgrùdadh air an Luach as Fheàrr agus Planadh Coimhearsnachd, foillsichte le Oifis Sgrùdaidh na h-Alba, Samhain 2011; agus
- a' gabhail com-pàirt ann am measadh cunnairt co-roinnte Lìonra Ionadail, le Oifis Sgrùdaidh na h-Alba mar cheann air, mar ullachadh gu Plana Barantais is Leasachaidh 2012-15.

## 2. GEÀRR-CHUNNTAS AIR TORADH SGRÙDAIDHEAN BSOS

Thèid seirbheisean obrach shòisealta sa Chomhairle a libhrigeadh le dà roinn. Bheir roinn seirbheisean foghlaim is cloinne seachad seirbheisean obrach shòisealta do chloinn, do dhaoine òga agus don teaghlaichean; tha uallach air roinn seirbheisean shòisealta is coimhearsnachd a thaobh seirbheisean obrach shòisealta do dh'inbhich, a' gabhail a-steach ceartas eucoireach.

Nì sinne measadh cunnairt aig tùs-ìre a rèir aon de thrì ìrean. Sheall ar ciad sgrùdadh san fharsaingeachd gun robh seirbheisean obrach shòisealta na Comhairle aig ìre a trì, san aithghearrachd a' ciallachadh 'cunnartan soilleir, ìrean eadar-dhealaichte de choileanadh agus feum air fòcas nas soilleire a thaobh leasachaidh.'

Bha ar measadh cunnairt stèidhichte air trì cuspairean: cunnart soilleir, mì-chinnt agus gun chunnart soilleir a bhith ann. Cha d' fhuair sinn dad far an robh aire neo leasachadh deatamach a dhìth. Stèidhichte air an fhianais a bha ri fhaotainn, cha d' fhuair sinn cunnart soilleir a thaobh aon dhe na raointean a bha air fhàgail - 's e sin, co-ionannachd agus còraichean daonnda.

Fhuair sinn comharraidhean air cunnart soilleir ann an trì raointean:

- riaghladh;
- measadh agus stiùireadh cùraim; agus
- measadh agus stiùireadh cunnairt.

Dh'ainmich sinn ceithir raointean de mhì-chinnt ri linn 's nach robh fianais neo

fiosrachadh gu leòr againn a chor is gun dèanamaid co-dhùnadh a thaobh ìre cunnairt. B' iad na ceithir raointean seo:

- toraidhean do luchd-cleachdaidh sheirbheisean agus luchd-cùraim;
- stiùireadh is taic don luchd-obrach;
- fèin-mheasadh a ghineadh libhrigeadh is planadh leasachadh;
- obrachadh ann an com-pàirteachas.

Rinn sinn geàrr-chunntas den fhianais a lorg sinn ann an aithisg a chuir sinn chun na Comhairle ann an Dàmhair 2011. Bha seo, cuideachd, a' cur an cèill freagairt cuimseach, co-roinnte<sup>2</sup> air 36 seisean - mu thrìan den fhianais a tha ri fhaotainn ann an sgrùdadh-coileanadh BSOS 2006.

### **3. ÀM AN SGRÙDAIDH**

Rinneadh ar sgrùdadh ann an Leòdhas ri linn na seachdain 21 gu 25 Dàmhair, agus ann an Uibhist air 22 Dàmhair agus 13 Dùbhlachd.

### **4. LEUDACHD AN SGRÙDAIDH**

Tha an sgrùdadh a thig an uachdar o mheasadh aig tùs-ìre na rud cuimseach co-roinnte agus cha làn-mheasadh e de gach seirbheis obrach shòisealta.

Stèidhichte air an deagh fhianais anns a' MSTI, cha d' rinn sinn sgrùdadh sam bith a thaobh co-ionannachd agus còraichean daonnda. Bha poileasaidhean co-ionannachd ann mar tha, cho math ri fianais gun robhar a' dèanamh mheasaidhean a thaobh buaidh co-ionannachd. A rèir Oifis Sgrùdaidh na h-Alba, bha a' Chomhairle glè ullamh airson atharrachaidhean a thigeadh an uachdar ri linn Achd Co-ionannachd 2010<sup>3</sup>. Bhathar air an sgeama co-ionannachd aon-neach aca a leasachadh a rèir na h-Achd, agus ged a bhathar a' dèiligeadh mu-thràth ri treòr is teamplaidean a bhuin ri measadh dhen t-seòrsa-sa, bha iad fhathast ri bhith air an atharrachadh a rèir an latha a th' ann.

Bha fianais ann gun robhar a' dèanamh measadh èifeachdach air co-ionannachd a thaobh cleachdaidhean-fastachd sa Chomhairle. Ann an seirbheisean foghlaim agus cloinne, bha deagh eisimpleirean de dh'obair a chuireadh ri chèile gus daoine òga a tharraing a-steach. Agus a' leughadh nam faidhlean dhuinn, dh'ainmich sinn gun robh, san fharsaingeachd, luchd-cleachdaidh seirbheis a' faighinn cuideachaidh a thaobh casg air conaltradh èifeachdach.

### **5. FIANAIS AN SGRÙDAIDH**

#### **5.1. Riaghladh agus Stiùireadh a thaobh Maoineachaidh**

---

<sup>2</sup> Tha an ìre de sgrùdadh a nì Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim ann an ùghdarras ionadail a' buintainn ris an dà chuid ìre-mheasaidh a' chunnairt agus ri dè cho mòr is a tha an t-ùghdarras sin. A' toirt seo an aire, leigidh measadh tùsail cunnairt aig ìre a trì leinn sgrùdadh gun chrìoch a dhèanamh.

<sup>3</sup> Sgrùdadh air an Luach as Fheàrr agus air Planadh Coimhearsnachd, Samhain 2011.

## **Adhbharan an sgrùdaidh**

Bha ceistean againn mu dheidhinn planadh maoineachaidh. Bha cuid de phlanaichean air an tug sinn sùil car gann de dh'fhiosrachadh mu airgead agus rudan eile a bha a dhìth gus am plana a choileanadh. A bharrachd air seo, cha robh ceanglaichean soilleir ri planaichean maoineachais ri fhaicinn.

Thog ar measadh cunnairt ceistean mu na buidseatan 2009-10 agus 2010-11 a thaobh ionadan-fuirich fhaotainn do chloinn air tìr-mòr. Cuideachd, chaidh ar n-aire a tharraing gu leudachd a' phlana chalpa. Bha e nar beachd sùil a thoirt air cùisean a bhuin ri stiùireadh so-mhaoin agus cunnairt. Mu dheireadh, ruig sinn co-dhùnadh gun robh fianais a dhìth gun robh ròl àrd-oifigear na h-obrach shòisealta (AOOS) air a choileanadh gu h-èifeachdach.

## **Fianais an sgrùdaidh**

### a) Planadh maoineachais, sgrùdadh buidseat agus stiùireadh so-mhaoin

San fharsaingeachd, gabhaidh na h-oifigearan maoineachais ris an do bhruidhinn sin ris a' bheachd againn gun robh mion-fhiosrachadh car gann ann an cuid de na planaichean aca, agus thuirt iad gum beachdaicheadh iad air fiosrachadh a bharrachd a thoirt seachad san àm ri teachd. Air an làimh eile, ged a bhathar a' gabhail os làimh obair-ullachaidh air plana chalpa 2013-14, dhearbhaich oifigearan maoineachais nach biodh plana sam bith a chuireadh iad ri chèile an-ath-bhliadhna (2012-13) a' dol seachad air 2013 gus am biodh an sgioba-rianachd ùr an-sàs ann, agus nach robh e nam beachd sùil ùr leantainneach a thoirt air a' phlana chalpa còig bliadhna (2008-13) an dèidh 2013. A rèir seo, bhiodh bacadh air planadh adhartach calpa a' leantainn air adhart.

A thaobh sgrùdadh buidseat, bha na h-aithisgean a bhuin ri teachd-a-steach coitcheann a mheasadh reusanta soilleir, ach cha robh suidheachadh buidseat aon roinn cho soilleir sin ri linn 's gun robh pàirt den dàta air a thoirt seachad air dòigh neo-eisimeileach. Cho-dhùin sinn gun gabhadh leasachadh a thoirt air cuid de na h-aithisgean mu mhaoineachas a fhuair buill taghta le bhith a' cur gach atharrachadh annta nan àite iomchaidh. Bhathar air ìre de sheasmhachd a thoirt a-mach a thaobh buidseat na cloinne 's iad a' dol gu tìr-mòr - bhathar a' cosg na bha taobh a-staigh den bhuidseat air a shon aig àm ar sgrùdaidh. Bha seo a' tachairt o chionn 's gun robh leasachadh ann an seirbheis an altramachd, cho math ri sgrùdadh na b' fheàrr air a' bhuidseat.

A thaobh dragh mu dheidhinn stiùireadh so-mhaoin, leugh sinn stuth clàraichte a bhuin ri so-mhaoin seirbheisean sòisealta agus coimhearsnachd (cha robh a leithid de sho-mhaoin aig seirbheisean cloinne a bha taobh a-muigh de dh'fhoghlam). Bha sa phrìomh chlàr liosta de thogalaichean agus cuideachd an seo bha dàta leithid meudachd làir, ìre cor an togalaich agus freagarrachd san fharsaingeachd. Thug sinn sùil air clàran suirbhìdh togalaichean air leth, a bha cuideachd air an rangachadh aig an ìre

iomchaidh, agus chaidh an clàr a thaobh so-mhaoin nan co-sheirbheisean a thoirt dhuinn.

Ged a thug iad seo fianais dhuinn gun deachaidh rud beag de dh'adhartas a dhèanamh ann an raon stiùireadh so-mhaoin, bha tuilleadh ri dhèanamh aig a' Chomhairle fhathast. Bha leasachadh cinnteach a' dol air adhart an seo agus chaidh innse dhuinn gun robh sgioba aig a' Chomhairle a bha ag obair air a' chùis. Tha seo cudtromach sa mheud 's nach bi dàta iomchaidh ri fhaotainn gu mathas planadh pròiseas a' chalpa gus am bithear a' dèanamh adhartais.

#### b) Stiùireadh cunnairt

A' toirt fa-near gun deach an ro-innleachd stiùireadh corporra ùr a thoirt a-steach ann am Màrt 2010, chunnaic sinn fianais gun robh leasachadh ann a thaobh stiùireadh cunnairt. Bhathar an dèidh aithisgean ràitheil a thoirt a-steach le bhith a' cur clàr cunnartan seirbheisean foghlaim is coimhearsnachd air an Eadarphlan<sup>4</sup> - ged nach robh seo air a thoirt gu buil fhathast ann an seirbheisean sòisealta agus coimhearsnachd. Cha robh an aona chuid clàr cunnairt foghlaim is cloinne neo seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd a' cur cunnart sna seirbheisean obrach shòisealta an cèill gu h-ìomchaidh - rud a dh'aontaich àrd-luchd-stiùiridh aghaidh a chur air an dèidh an cuid deasbaidan cuide rinne.

#### c) Ròl àrd-oifigear na h-obrach shòisealta

Thàinig e an uachdar ri linn ar deasbaid ri ball taghta agus luchd-obrach aig gach ìre gun robh tòrr ri dhèanamh a thaobh ròl àrd-oifigear na h-obrach shòisealta a stèidheachadh<sup>5</sup>.

O chionn 's gun robhar a' ruith na h-obrach shòisealta thar dà roinn air leth, agus ri linn 's nach robh luchd-obrach shòisealta le teisteanas air cheann na seirbheis an aona chuid ann an seirbheisean foghlaim is cloinne neo seirbheisean shòisealta is coimhearsnachd, cho-dhùin sinn gum b' e fìor chunnart a bha seo. Am measg tòrr den luchd-obrach ciad shreath ris an do bhruidhinn sinn, bha mòran nach robh a' tuigsinn an ròl seo neo cho cudtromach is a bha e.

Ann an aithisgean comataidh a thaobh seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean shòisealta is coimhearsnachd a chur air dòigh gu h-às ùr, cha

---

<sup>4</sup> Seo ainm siostam stiùireadh coileanadh corporra a chleachdas a' Chomhairle.

<sup>5</sup> A rèir treòr Riaghaltas na h-Alba a chaidh fhoillseachadh an Gearran 2009. 'S e amas farsaing an AOOS dèanamh cinnteach gun tèid comhairle èifeachdach proifeiseanta a sholarachadh do dh'ùghdarrasan ionadaile - buill taghta agus oifigearan - ann an seirbheisean obrach shòisealta. Bu chòir seo a bhith mar chuideachadh do na h-ùghdarrasan ann a bhith a' tuigsinn dè cho imfhille is a tha solarachadh seirbheisean obrach shòisealta - a' gabhail a-steach ceistean sònraichte mar phàrantachd corporra, dìon cloinne, dìon inbheach agus stiùireadh a thaobh luchd-eucoir fìor chunnartach - agus prìomh ròl na h-obrach shòisealta ann a bhith a' toirt a-mach toradh aig ìre nàiseanta agus ionadail. Cuideachd tha ròl aig an AOOS ann a bhith a' leasachadh coileanadh san fharsaingeachd agus ainmeachadh is stiùireadh cunnart corporra sa mheud is gum buin iad seo ri seirbheisean obrach shòisealta. Tha soilleireachd is leantainneachd a thaobh adhbhar agus obair an AOOS gu h-àraid cudtromach nuair a tha na h-uidhir a dhiofar bhuidhnean is structairean ann.'

robh mòran ri leughadh mu ciamar a rachadh an ròl a choileanadh. Bha deasbad air a bhith ann an dèidh làimh (ach gun dad sgrìobhte) gus dreuchd leas-àrd-oifigear obrach shòisealta a chruthachadh - a' cur an neach-stiùiridh a bha ann an-dràsta san dreuchd ùr seo. Gidheadh, bhathar fhathast ri beachdachadh air na bhiodh seo a' ciallachadh - a' gabhail a-steach gum biodh barrachd uallaich air an neach sin fhèin.

San fharsaingeachd, cho-dhùin sinn gun robh dùbhlannan ron a' Chomhairle fhathast gus ròl an AOOS a stèidheachadh chun na h-ìre 's gum biodhte a' maothachadh nan cunnartan corporra, proifeiseanta agus air leth a dh'fhaodadh tachairt sna suidheachaidhean seo. Ri linn ar sgrùdaidh, thug sinn fa-near gun robh an luchd-stiùiridh agus an àrd-oifigear dealasach aghaidh a chur air a' cheist seo. Bha e am beachd an àrd-oifigear obrach shòisealta aithisg a thoirt do na buill taghta ann an Ògmhios 2012.

## **5.2. MEASADH AGUS STIÙIREADH CÙRAIM**

### **Adhbharan an sgrùdaidh**

Bha rud beag de leasachadh air tachairt san ùine o rinneadh sgrùdadh coileanaidh 2006, ged a bha draghan cudtromach oirnn a thaobh dè cho math 's a bha measadh agus stiùireadh cùraim san dà chuid seirbheisean inbheach agus cloinne. Cuideachd bha ceistean againn a thaobh freagarrachd, feuman gun choileanadh agus obair nach deachaidh a riarachadh. Ann an seirbheisean inbheach, bha e soilleir gun robhar a' measadh daoine - air an robh an aona chuid cruaidh fheum no feum meadhanach - cudtromach. An fheadhainn sin a bhathar a' beachdachadh gun robh feum measarra neo nas lugha orra, bhathar rin 'treòrachadh' gu seirbheis eile. Bha grunn cheistean againn mu ciamar a bha seo ag obrachadh.

Cha d' fhuair sinn fianais air siostaman a bh' ann gus amannan-feithimh airson gin dhe na seirbheisean a chlàradh neo a chumail fo smachd. A' leughadh nam faidhlean dhuinn, fhuair sinn diofar dhòighean gus feum a chur air an siostam Ciad Chùram<sup>6</sup>. Cho math ri seo, bha seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd aig diofar ìrean dhe bhith ceangailte ri solaraiiche Ciad Chùram. Thog seo grunn cheistean mu dheidhinn cleachdadh is leasachadh siostaman fiosrachaidh.

### **Fianais an sgrùdaidh**

#### **a) Ìre-feabhais measaidh is stiùiridh**

Sheall am faidhle MSTI gun robhar air rud beag de leasachadh a dhèanamh o sgrùdadh-coileanaidh 2006, sa mheud agus:

- gun robh measadh ri fhaicinn ann an 93% de na faidhlean a leugh sinn –

---

<sup>6</sup> Ainm siostam stiùiridh càsan cùraim sòisealta airson seirbheisean inbheach is cloinne, air an solarachadh le Siostaman OLM.

- a' chuid a bu mhotha dhiubh a bha a rèir an latha a bh' ann; agus gun robh plana cùraim/stiùiridh ann an 83% de na faidhlean a leugh sinn, an taca ri dìreach 44% ann an 2006.

Gidheadh, fhuair sinn gun robh ìre-feabhais nam measaidhean caran caochlaideach, le 40% dhiubh math neo glè mhath, agus 29% lag neo dona. Bha cha mhòr an dàrna leth de mheasaidhean ann am faidhlean cloinne is theaghlaidhean lag.

Bha fianais eile sna faidhlean a bha mar chùis-dragha dhuinn. San fharsaingeachd, cha robh ach 14% de na planaichean cùraim a rèir SSSA<sup>7</sup>. Bha eachdraidh leantainneach a dhìth air 51% de chàsan. Anns na càsan far an robh eachdraidh leantainneach, bha 39% dèanta gu ìre iomchaidh.

Ri linn ar sgrùdaidh, fhuair sinn fianais gun robhar, san fharsaingeachd, a' gabhail ris gun robh leasachadh a dhìth air measaidhean agus stiùireadh a thaobh seirbheisean inbheach. San fharsaingeachd bha ìrean-feabhais ann an ceartas eucoireach na b' fheàrr. Tha sinn a' beachdachadh air oidhearpan gus cleachdaidhean anns an earrann air measadh agus stiùireadh cunnairt a leasachadh.

Air an làimh eile, bha luchd-stiùiridh obrach shòisealta ann an seirbheisean foghlaim agus cloinne a' faireachdainn nach robh an sampla de 20 faidhle cloinne a rèir am beachd fhèin a thaobh ìre tòrr na b' àirde de mheasadh air obair shòisealta. A bharrachd air seo cha do ghabh iad ri toradh leughadh nam faidhlean mar rud cruinn ceart, agus fios aca dè na faidhlean a leugh sinn. Uime sin bha dragh oirnn nach robh iad ag aontachadh ris a' bheachd againne mu mheud riatanach an leasachaidh a thaobh measaidh is stiùiridh curaim. A-rithist, tha sinn a' beachdachadh air dòighean gus aghaidh a chur air a' cheist seo anns an earrann air measadh is stiùireadh cunnairt.

Bha leasachadh a dhìth air mar a bhathar a' dèanamh measadh cunbhalach air planaichean cùraim is stiùireadh luchd-cleachdaidh sheirbheisean anns a h-uile seirbheis obrach shòisealta. Ged a bha toraidhean leughadh nam faidhlean an ìre mhath coltach ri chèile, bha gun robh easpa ath-sgrùdaidh ann an trian neo mar sin de na càsan ann an cùram coimhearsnachd air a dhèanamh na bu mhiosa ri linn 's nach robh poileasaidh no modh-obrach soilleir air ath-sgrùdaidhean a dhèanamh ri fhaicinn idir. Bha seo gu h-àraid soilleir a thaobh daoine le duilgheadasan-ionnsachaidh.

- b) Freagarrachd, feuman gun choileanadh agus obair nach deachaidh a riarachadh

Thar a h-uile seirbheis, dhearbhadh luchd-stiùiridh is luchd-obrach ciad shreath ris an do bhruidhinn sinn nach robh ach beagan dhaoine a' feitheamh ri seirbheis - fianais a bha a rèir na leugh sin sna faidhlean, a sheall nach robh dàil sam bith ann a bhith a' solarachadh sheirbheisean ('s e sin, a-mach on chorra chomharradh gun robhar ri cus dàla ann a bhith a' measadh feuman cloinne, a nochd ann an trian no mar sin de na faidhlean a leugh sinn). Ri linn

<sup>7</sup> SSSA – Sònraichte, So-thomhaiseil, So-choileanta, So-chomasach, A rèir tìde

sgrùdadh na bu dlùithe a rinneadh, thàinig e an uachdar gun robh cuid a' feitheamh - airson, mar eisimpleir, cùram dachaigh (suas ri 10 latha) agus leigheas dreuchdail.

Ann an seirbheisean inbheach, bhathar ri slatan-tomhais freagarrachd - b' e am beachd san fharsaingeachd gun robh cha mhòr a h-uile neach a bha ga chur air adhart airson measaidh a' tighinn fo chuspair 'fìor-chudtromach' neo 'an ìre mhòr riatanach'. Ged a chaidh innse dhuinn gun robh cuid de dhaoine a bha taobh a-muigh gach slat-tomhais gan 'treòrachadh' le soirbheachas gu seirbheisean eile, cha robh siostam-clàraidh ann air seo. San fharsaingeachd, bha feum air dòigh na b' fhoirmeile a thaobh amannan-feithimh agus lion nan daoine a bha a' feitheamh ri measadh neo solarachadh seirbheis a chlàradh.

Ann an seirbheisean foghlaim is cloinne, bha neach-stiùiridh na seirbheis air slatan-tomhais a thaobh freagarrachd seirbheisean obair shòisealta cloinne ullachadh o chionn ghoirid. B' ann aig tùs-ìre a bha an obair seo, agus bhathar ri cuid de chùisean a chnuasachadh mun dèidheadh an cur an gnìomh, leithid mar a bha na slatan-tomhais a' tighinn a rèir gach obair-eadraiginn aig gach ìre, agus mar a bhiodh am moladh a thaobh a bhith a' cur measadh is plana pàiste còmhla, rud a chaidh a chur ri chèile a rèir *Ga dhèanamh ceart do gach pàiste*<sup>8</sup>.

### c) Siostaman Fiosrachaidh

Ged a chumadh coinneamhan cunbhalach ris a' chompanaidh a bha a' solarachadh siostam Ciad Cùram, fhuair sinn aitheantas san fharsaingeachd nach robh fòcas air cur-an-gnìomh leantainneach a thòisich aig ìre thràth air cumail a' dol idir. Cha robhar cinnteach cò air am biodh uallach airson ath-rangachadh Ciad Cùram a bha gu bhith a' gabhail àite an Sultainn 2012. Bha dragh air cuid den luchd-obrach ris an do bhruidhinn sinn gun cumadh a' chùis a' dol bhuaithe mar seo, agus gun robhar is dòcha air cothrom a chall gus an t-siostam a chur am fìor-fheabhas.

#### Moladh 1

Feumaidh an suidheachadh a thaobh cleachdadh làthaireach is leasachadh Ciad Cùram a bhith air a shoillearachadh le àrd-luchd-stiùiridh ann an seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd, a chor is gun toirear na tha riatanach de stiùireadh, de chunntachalachd, de leasachadh is de sheasmhachd-obrachaidh a chumadh an t-siostam a' dol.

A bharrachd air seo, fhuair sinn a-mach nach robh an luchd-obrach sin a bha ag obair a rèir ròta na h-uairean-a-mach a' faighinn intrigidh dìreach gu Ciad Cùram, 's iad gu tric an eisimeil luchd-obrach ionad-fònaichean Faire<sup>9</sup> gus

<sup>8</sup> *Ga dhèanamh ceart do gach pàiste* – prògram-leasachaidh ùr Riaghaltas na h-Alba, a chuirear air chois a chor is gum bi cùisean leasaichte do chloinn is do dhaoine òga na h-Alba. Tuilleadh fios aig:

[www.scotland.gov.uk/Topics/People/Young-People/gettingitright](http://www.scotland.gov.uk/Topics/People/Young-People/gettingitright)

<sup>9</sup> Faire – ainm seirbheis 24 uair a thide air a cur air dòigh aig Roinn Seirbheisean Luchd-Cleachdaidh air sgàth



faighinn a-steach don t-siostam air an sgàth. Bha e doirbh tomhas a dhèanamh air a' bhuidh a bhiodh aig seo, oir cha robh barantas-mathais neo beachd an dèidh làimh ri fhaotainn mu na thachair. Cha robhar a' cruinneachadh dàta sgrùdaidh, mar a tha sgrìobhte ann an treòr taiceil uairean-a-mach na Comhairle. Gidheadh, dh'aithnich sinn gun robh e am beachd an AOOS am fiosrachadh seo a chur sa chiad aithisg bhliadhnail, air an tugadh tarraing na bu traithe.

### 5.3 MEASADH IS STIÙIREADH CUNNAIRT

#### Adhbharan an sgrùdaidh

##### a) Fianais Choitcheann

Bha fianais ann air deagh thoradh do chuid de luchd-cleachdaidh seirbheis. San fharsaingeachd, bha fianais ann an 62% de chàsan gun robh na seirbheisean agus an cùram a fhuair an duine air cunnart o chàch no bhuithe fhèin a lùghdachadh (bha 22% eile nach robh iomchaidh). Bha measadh cunnairt ri fhaighinn anns a h-uile faidhle air ceartas eucoireach, a chaidh a chur ri chèile gu h-iomlan taobh a-staigh sgèile-tìme iomchaidh.

Gidheadh, thàinig grunn dhraghan an uachdar ri linn leughadh an fhaidhle.

Mar eisimpleir, a thaobh dìon cunnairt<sup>10</sup>:

- Bha measadh cunnairt aig dìreach 53% de dh' fhaidhlean cothromach cùram coimhearsnachd;
- Bha trian de mheasaidhean cunnairt cloinne is theaghlaidhean air am meas lag; agus
- Bha 29% de dh'fhaidhlean cùram coimhearsnachd aig an robh plana stiùiridh a bhui ris an latha a bh' ann (an taca ri 43% san fharsaingeachd).

Mar an ceudna, bha fianais nach buin ri dìon cunnairt san dòigh àbhaisteach<sup>11</sup> na chùis-dragh dhuinn. Mar eisimpleir:

- chaidh ceithir a-mach à naoidh measaidhean neo-dhìon air cloinn is teaghlaidhean a shealltainn mar 'lag';
- Bha 10 a-mach à 23 faidhlean cùram coimhearsnachd anns an robh plana stiùiridh cunnairt neo-dhìon nach robh a rèir an latha a bh' ann. Bha dà fhaidhle eile anns nach robh plana sam bith; agus
- San fharsaingeachd, cha robh ach 54% de chunnart neo-dhìon a chaidh a làimhseachadh gu ceart.

---

Roinn Seirbheisean Sòisealta is Coimhearsnachd Chomhairle nan Eilean Siar.

<sup>10</sup> Ceistean làthaireach neo san àm ri teachd a thaobh dìon inbheach, cloinne no a' phobail.

<sup>11</sup> Ceistean làthaireach neo a dh'fhaodadh tachairt a thaobh cunnairt far a bheil freagairt sònraichte a dhìth, ach nach buin ri dìon cunnairt àbhaisteach. Airson tuilleadh mìneachaidh, faicibh Leabhar-làimh Leasachadh Coileanaidh 2011-12.

[www.careinspectorate.com/index.php?option=com\\_docman&task=doc\\_details&gid=435&Itemid=716](http://www.careinspectorate.com/index.php?option=com_docman&task=doc_details&gid=435&Itemid=716)

A' sìneadh an fhòcais seachad air obair eadraiginn shòisealta, bha comharraidhean ann gun gabhadh com-pàirteachas a leasachadh ann a bhith a' measadh cunnairt. Thar nan trì seirbheisean, sheall 54% de chàsan gun robh ìre iomchaidh de chom-pàirteachas a bha a rèir ìre feuma 's cunnairt aig ìre measaidh. Bha seo a' dol o 70% ann an ceartas eucoireach gu 40% ann an cloinn is teaghlaichean.

#### b) Clann is teaghlaichean

O chionn 's gu bheil cleachdadh a thaobh dìon cloinne a rèir obair leantainneach eadar Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim agus a' Chomhairle<sup>12</sup>, chan eil e nar beachd mion-fhiosrachadh a thoirt seachad mun raon seo. Gidheadh, coltach ris an t-suidheachadh a fhuair sinn a thaobh measaidh is stiùiridh cùraim, bha dragh oirnn nach robh luchd-stiùiridh obrach shòisealta cloinne a' gabhail ri cuid den fhianais na bu gheura a fhuair sinn sna faidhlean.

Gabhaidh sinn ris nach faodar sampla de 20 faidhle an dealbh iomlan a riochdachadh. Gidheadh, chan fhaca sinn fianais sam bith mar thaic do bheachd an luchd-stiùiridh gun robh ìrean measaidh is stiùiridh cunnairt gu math na b' fheàrr seach mar a nochd sna faidhlean. Mar sin, 's e ar beachd gu bheil e deatamach gun tèid A' Chomhairle an conaltradh ri Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim ann a bhith a' cur aghaidh air na h-eadar-dhealachaidhean seo.

#### Moladh 2

Bu chòir seirbheisean foghlaim is cloinne co-obrachadh cuide ri Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim a chor is gun stèidhichear tuigse iomchaidh co-roinnte a thaobh ìrean-feabhais measaidh, measadh cunnairt agus stiùireadh cùraim is cunnairt anns a' Chomhairle. Bu chòir seo fhaicinn mar a' chiad cheum a dh'ionnsaigh leasachadh leantainneach sna raointean cudtromach seo de chleachdadh obrach shòisealta.

#### c) Seirbheisean inbheach

Coltach ri seirbheisean foghlaim is cloinne, shaoil sinn gun robh leasachadh a dhìth gu ìre mhòir a thaobh measadh is stiùireadh cunnairt - rud a chaidh a dhaingneachadh ri linn cuid de na deasbadan a bh' againn ri luchd-obrach.

Gu sònraichte, chaidh ar sgrùdadh air dìon is taic inbheach (DTI) a chasg ri linn grunn rudan, nam measg cho beag 's a bh' ann de chàsan DTI, agus cuideachd an dòigh san robh measaidhean is planaichean cùraim air an dèanamh fo mhodhan DTI air an clàradh is air an cur air falbh gu àite sàbhailte. Ri linn nan rudan seo cha do chuir sinn crìoch air ar sgrùdadh air an raon chudtromach seo, agus 's e ar beachd gum feumar leantainn 'sa chùis a chor 's gun ruigear co-dhùnadh nas coileanta.

<sup>12</sup> Obair leantainneach a thàinig mar bhuil air sgrùdadh Oifis Sgrùdaidh Foghlaim na Banrìghe air seirbheisean dìon cloinne (foillsichte Faoilleach 2010), ris an do ghabh Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim o Giblean 2011.

### Moladh 3

Bu chòir seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd modh-obrach èifeachdach, leantainneach a thaobh fèin-mheasaidh a stèidheachadh, a nì fòcas air na leasachaidhean a tha riatanach ann an ìrean-feabhais measaidh, measadh cunnairt agus stiùireadh cùraim is cunnairt. Mar thoiseach-tòisichidh, bu chòir an roinn sgrùdadh cuimseach a dhèanamh air dìon is taic inbheach, le taic is dearbhadh o Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim.

## 5.4 TORAIDHEAN DO LUCHD-CLEACHDAIDH SEIRBHEIS IS LUCHD-CÙRAIM

### Adhbharan an sgrùdaidh

Cleas sgrùdadh coileanaidh 2006, bha mar a sgrùd sinn toraidhean an ìre mhòr stèidhichte air comharraidhean coileanaidh a bha ri fhaotainn, leis na toraidhean a rèir na leugh sinn sna faidhlean agus fiosrachadh o sgrùdaidhean eile.

Thàinig grunn cheistean an uachdar ri linn toirt a-steach an fhrèama choileanadh chorparr (Eadarphlan). Bha sinn airson faighinn a-mach barrachd mun a' bhuidhe a bh' aig seo, agus mun chothrom a dh'fhaodadh a bhith ann tuilleadh thoraidhean a leasachadh. Cuideachd bha sinn airson barrachd faighinn a-mach mu mar a bhathar a' cur feum air fiosrachadh a thaobh chasaidean a thàinig a-steach ann a bhith a' toirt leasachadh air an t-seirbheis. Thog fiosrachadh làthaireach mu thoraidhean grunn cheistean a thaobh buidhnean sònraichte cùraim. Cuideachd bha ceistean againn mu dheidhinn mar a chuireas A' Chomhairle aghaidh air pearsanachadh.

### Fianais an sgrùdaidh

- a) Tomhas is mion-sgrùdadh thoraidhean

Seo na bh' aig aithisg sgrùdaidh coileanaidh 2006 ri ràdh: 'Mar ùghdarrasan eile air an tugadh sùil san latha an-diugh, feumaidh [A' Chomhairle] fiosrachadh mu thoraidhean seirbheis a chruinneachadh is a chleachdadh air dòigh is ann an siostam nas fheàrr.'

O sgrùdadh coileanaidh 2006, bha adhartas ann a bhith a' toirt a-steach frèamaichean coileanaidh. Ann an seirbheisean inbheach, bha Com-pàirteachas Slàinte Coimhearsnachd is Cùram Sòisealta (CSCiCS) air aonta a ruighinn a thaobh frèama coileanaidh a thogadh agus a dhèanadh mion-sgrùdadh air prìomh dàta, stèidhichte air nithean air thoiseach eadarra.

Thar na Comhairle, bha gun deachaidh Eadarphlan a thoirt a-steach a' ciallachadh gun robh an dà chuid seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd a' cur a-steach aithrisean coileanaidh gach ràithe, nam measg raon de phrìomh chomharraidhean coileanaidh agus toraidhean/gnìomhan.

Ghabh an luchd-stiùiridh ris an do bhruidhinn sinn ris gun robh feum air dòigh na b' fheàrr san t-siostam a thaobh toraidhean a thomhas. Fhuair sinn fianais gun robh adhartas san raon seo - mar eisimpleir, thug àrd-luchd-stiùiridh ann an seirbheisean foghlaim is cloinne tarraing air mar a thogadh tomhaisean sna sgoiltean, a bha nan cuideachadh ann a bhith a' tomhas èifeachd obair eadraiginn aig gach ìre.

A thaobh dèiligeadh ri casaidean, bha siostam air a dheagh stèidheachadh aig seirbheisean foghlaim is cloinne gus sùil a chumail air casaidean. Thug àrd-luchd-stiùiridh iomradh air fìor atharrachaidhean ann an seirbheisean foghlaim - atharrachaidhean a thachair, bhathar ag ràdh, gu ìre co-dhiù, ri linn 's gun deachaidh dèiligeadh ri casaidean ann an dòigh rianail. Cha robh fianais sam bith ann gun robh buaidh aig dad den obair seo air seirbheisean sòisealta do chloinn no do theaghlaichean.

Bha oifigearan leasachadh feabhais (OLFan), a bha ceangailte ri gach gin de na còig coimhearsnachdan-ionnsachaidh, a' dèiligeadh ris a h-uile casaid ann am foghlam agus ann an obair shòisealta cloinne. Cha robh e soilleir dè an taic a bha ri fhaotainn dha na h-OLFan on co-obrachaidhean sòisealta le teisteanas ann a bhith a' dèiligeadh ri gnothaich obrach shòisealta.

Ann an seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd, cha robh dòigh buileach cho rianail air dèiligeadh ri casaidean. B' ann air neach-stiùiridh nan seirbheisean-còmhnaidh a bha an uallach dèiligeadh ri casaidean, ach cha robh duine san dreuchd seo aig àm ar sgrùdaidh. Ged a bha clàr de chasaidean foirmeil ann, ghabh an luchd-stiùiridh ris nach deachaidh casaidean neo-fhoirmeil a chlàradh cho math 's a bu chòir. Cha robh ceanglaichean foirmeil ann eadar casaidean agus planadh gnìomhachais. B' e ar beachd, a thaobh a bhith a' cur cuideigin san dreuchd seo, gum bu chòir seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd an dòigh san gabh casaidean a thogail ath-sgrùdadh.

#### b) Fòcas thoraidhean

#### Seirbheisean inbheach

San fharsaingeachd, rinn A' Chomhairle deagh choileanadh ann a bhith a' solarachadh dian-chùraim dachaigh - inbhe 4 ann an Alba a rèir nam figearan as ùire. A thaobh dàil ann a bhith a' leigeil dhaoine a-mach à ospadal, bha A' Chomhairle agus Seirbheis Nàiseanta Slàinte nan Eilean Siar air co-obrachadh gu h-èifeachdach a chor is gum biodh deagh thoraidhean ann. Sheall figearan Cunntas-Sluaigh Iuchar 2011 nach robh ach 0.9% de dhaoine ann an leapannan ospadail a dh'fhulaing dàil sa chùis - am figear a b' fheàrr

ann an Alba<sup>13</sup>.

Bha gun d' rinneadh deagh adhartas a thaobh dàil ann a bhith a' leigeil dhaoine aosta mu sgaoil air a dhearbhadh leis an sgrùdadh againne - gu h-àraid san dà bhliadhna roimhe sin. Bha fianais ann gun robh A' Chomhairle agus SNS nan Eilean Siar ag obair cuide ri chèile a chor is gum beirte toradh math a-mach. Thuirte cuid den luchd-stiùiridh on dà bhuidheann sin gun robh iad gu math dòchasach a thaobh buaidh Ciste an Leasachaidh<sup>14</sup> air na figearan seo san àm ri teachd, mar gun robh iad le chèile dealasach gun cumadh na figearan seo a' dol sìos airson seann daoine, agus gum biodh gluasad ann a dh'ionnsaigh modal ath-chomasachadh<sup>15</sup> agus tuilleadh taic do sheann daoine nan dachaighean fhèin, a' gabhail a-steach airgead a chosg air tele-chùraim slainte<sup>16</sup>.

Cha robh mòran fiosrachaidh cruinn còmhla ri fhaotainn a thaobh toraidhean do dhaoine le duilgheadasan-ionnsachaidh. Gidheadh, bha seirbheisean ionadan cùraim agus taice do dhaoine le duilgheadasan-ionnsachaidh air ìrean rangachaidh math agus glè mhath fhaotainn aig Coimisean a' Chùraim gu cunbhalach, rud a bha a' ciallachadh deagh thoraidhean do luchd-cleachdaidh seirbheis. Bha fòram com-pàirteachas a thaobh fastachd air a bhith air a stèidheachadh agus e nam beachd-san taic a thoirt seachad agus coinneachadh 4 turas gach bliadhna gus sùil a chumail air adhartas. Fhuair sinn fianais air iarrtas soirbheachail, air a dheagh leagadh a-mach, gus maoin Eorpach fhaotainn mar thaic don rud seo 's do rudan eile a bhuin ri obair ffastachd.

Bha atharrachaidhean ann an co-òrdanachadh ionadail, air an sealltainn dhuinn mar eisimpleir de dheagh chleachdadh, air leigeil le seirbheisean duilgheadasan-ionnsachaidh fòcas na bu mhotha air daoine òga a bha a' dol o sheirbheisean sgoile gu seirbheisean inbheach, cho math ris na planaichean stoidhle-beatha a bha riatanach do dhaoine aig an robh feuman na b' imfhillte.

Am measg eisimpleirean eile de dheagh chleachdadh bha sgeama pìolatach sochairean Mhic a' Mhaoilein - a' toirt seachad fiosrachadh is comhairle mu shochairean a bha ann do dhaoine aig an robh ailse neo tinneas dìblidheach fad-tèirmeach sam bith eile. A bharrachd, bha gun deachaidh Ionad Mothachaidh nan Eilean Siar - àite sònraichte a bheir seirbheisean do dhaoine air a bheil na duilgheadasan seo - a' ciallachadh gun robh aon ionad àraid ann do sheirbheisean, do thrèanadh luchd-obrach agus do ghoireasan eile - ionad a rachadh a mheasadh gu neo-eisimeileach le Oilthigh Shruighlea.

---

<sup>13</sup> Co-ionann ris an fhigear a thugadh a-mach ann an Dùn Phris is Gallghaidhealaibh.

<sup>14</sup> Maoin o Riaghaltas na h-Alba, ri fhaotainn aig tùs-ìre ri linn 2010-11, agus gu ruige co-dhiù 2014-15. 'S e amas na maoin ach cur an comas com-pàirtichean cùram slàinte is sòisealta planaichean ionadaile a chur an gnìomh a chor is gun dèan iad feum nas fheàrr air an cuid co-mhaoin gu mathas seirbheisean seann daoine.

<sup>15</sup> Airson fiosrachaidh mu mar a bheir ath-chomasachadh cùram dachaigh toraidhean nas fheàrr a-mach do luchd-cleachdaidh sheirbheisean, tadhail air: <http://www.jitscotland.org.uk/action-areas/care-at-home/>

<sup>16</sup> A-rithist, gheibhear fiosrachadh mu thele-chùram slàinte air làrach-lìn Sgioba a' Cho-Leasachaidh, mar a shealladh shuas.

## Clann is teaghlaichean

Ri linn 2008-11, bha sgoiltean-àraich air, aig a' char as motha, ìrean rangachaidh glè mhath neo fìor mhath fhaotainn o Choimisean a' Chùraim airson cùraim is taice. A thaobh toraidhean foghlaim do dhaoine òga a bha fo chùram aca, bha e doirbh co-dhùnadh soilleir a dhèanamh ri linn 's gun robh na h-àireamhan a bhuin ri seo car ìseal, ged a bhathar a' toirt a-mach deagh thoraidhean.

Bhathar air faighinn a-mach, ri linn sgrùdadh Oifis Sgrùdaidh Foghlaim na Banrìghe a rinneadh an Samhain 2009 air seirbheisean dìon cloinne, gun robh clann a bha ann an suidheachaidhean cugallach air freagairt èifeachdach luath fhaotainn o sheirbheisean. Gidheadh, b' e beachd an luchd-sgrùdaidh nach robh teaghlaichean, a bha a' fulaing fòirneirt san dachaigh, a' faighinn làn bhuannachdan aig ìre thràth o na bha ann de sheirbheisean. Bha A' Chomhairle agus na buidhnean a bha an com-pàirteachas leatha air aghaidh a chur air seo le bhith a' toirt seachad trèanadh iomchaidh a chor is gun rachadh an raon seo a leasachadh.

Bha OSFnB cuideachd air iomradh a thoirt air cùisean far an robh clann a' fulang tro phlanaichean a chuireadh air neo-shuim agus tro dhàil fhada cuideachd. Bha plana-leasachaidh seirbheisean foghlaim is cloinne 2010-11 air oidhearp a thòiseachadh a chor is gum biodh plana maireannach ann don chloinn uile a bha fo chùram am badeigin eile seach aig an taigh fad còrr is 12 mìos. Bha na figearan coileanaidh as ùire air sealltainn gun robhar a' toirt seo a-mach ann an 80% de na càsan uile.

Nuair a chuir sinn ceist mu phlanaichean maireannach, bha mòran den luchd-obrach ris an do bhruidhinn sinn den bheachd san fharsaingeachd gun robh tòrr a bharrachd cuideim air dàil neo-riatanach a sheachnadh, agus gun robh seo air a dhol am feabhas gu cunbhalach thar ùine. Gidheadh, cha robh mòran fiosrachaidh on luchd-stiùiridh a chuir am beachd farsaing seo an cèill. B' e ar co-dhùnadh gum biodh fòcas ùr air coileanadh an luchd-stiùiridh san raon seo, agus a bhith a' sgrùdadh agus a' cur ris an fhiosrachadh a bh' ann mu-thràth, na chuideachd. Rud a bha na cùis-bhrosnachaidh, dh'innis àrd-luchd-stiùiridh ann an seirbheisean foghlaim is cloinne dhuinn gun robh iad air tòiseachadh mu-thràth air fiosrachadh luchd-stiùiridh air Eadarphlan ath-sgrùdadh.

### c) Pearsanachadh

'S e glè bheag de dh'fhianais a chunnaic sinn a thaobh dòigh ro-innleachdach pearsanachaidh. Chaidh seo a dhearbhadh tro dheasbad a chum sinn ri luchd-obrach agus luchd-cleachdaidh seirbheis. Fhuair sinn a-mach gun robh, san fharsaingeachd, easpa tuigse ann a thaobh taic fèin-threòraichte, rud a dh'èirich às dith ro-innleachd. Chuala sinn mu dheagh eisimpleirean far an d' fhuair deagh thoraidhean a thaobh cùram pearsanta a bhith air an toirt a-mach - ach b' ann a bha iad seo a' buintinn na bu mhotha ri suidheachaidhean is oidhearpan air leth seach ri freagairt air poileasaidh. Bha

am fiosrachadh sgrìobhte do luchd-cleachdaidh seirbheis a bha a' cnuasachadh mu phàigheadh dìreach math gu leòr san fharsaingeachd.

A dh'aindeoin seo, bha adhartas ann - mar eisimpleir, bha an lion dhaoine a fhuair pàigheadh dìreach air a dhol suas gu cunbhalach, bho ochd ann an 2007 gu 21 ann an 2010. Ann an seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd, bha targaidean coileanaidh a bhuin ri pàigheadh dìreach air an cur ri chèile - agus bha figearan na Comhairle gan comharrachadh-san mar raon far an gabhadh barrachd leasachaidh a dhèanamh do dhaoine aig aois 18-64. Gidheadh, cha d' fhuair sinn planaichean a bhuin ri seo air neo ceuman sam bith a bhathar am beachd a chur gu feum mar thaic do na targaidean a chuireadh ri chèile san raon seo.

## **5.5 STIÙIREADH IS TAIC DON LUCHD-OBACH**

### **Adhbharan an sgrùdaidh**

Ann a bhith a' planadh freagairt ar sgrùdaidh, bidh sinn a' feuchainn ri coimhead air grunn rudan a bhuineas ri leasachadh is taic don luchd-obrach. Rì linn nan draghan a thog sinn na bu thraithe a bhuineas ri measadh is stiùireadh cùraim, bha sinn airson barrachd fhaighinn a-mach mu dè cho èifeachdach is a bha stiùireadh luchd-obrach agus dè na cothroman trèanaidh is ionnsachaidh a bh' ann dhaibh. Cuideachd, cha robh mòran fiosrachaidh againn mu ciamar a nì àrd-luchd-stiùiridh ann an seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd conaltradh rin cuid co-luchd-obrach.

Bha sinn cuideachd air toirt fa-near gun robh atharrachaidhean air a thighinn air structair eagraichte nan dà roinn, agus bha sinn airson barrachd fhaotainn a-mach mun bhuidhean a bh' aig na h-atharrachaidhean seo - an dà chuid air àrd-luchd-stiùiridh agus luchd-obrach eile.

### **Fianais an sgrùdaidh**

#### **a) Fastadh agus cumail luchd-obrach**

A reir staitistigean Riaghaltas na h-Alba (suas gu 2009), bha na bh' air am fastadh de luchd-obrach shòisealta làn-ùine aig a' Chomhairle tòrr na b' àirde na cuibheasachd na h-Alba – 17.8 do gach 1,000 den t-sluagh, an taca ri 8.0 do gach 1,000 gu nàiseanta. A rèir nam figearan as ùire (2009), bha ràta nan suidheachaidhean-obrach na b' ìsle na am figear nàiseanta. Ach cha b' e seo e a thaobh àireamh 'luchd-obrach innleachdach/meadhanach', a bha, aig 18.2%, a dhà uiread 's a bha am figear Albannach.

Thug sinn fa-near do na bh' aig Oifis Sgrùdaidh na h-Alba ri ràdh mu dheidhinn leasachaidhean ann am planadh is stiùireadh an luchd-obrach chorporra, a bha ri fhaotainn ann an aithisg An Luach as Fheàrr, Samhain 2011.

San fharsaingeachd, bha A' Chomhairle air dèanamh gu math ann a bhith a' lionadh suidheachaidhean-obrach aig diofar ìrean. Aig amannan, bha an dà chuid seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd air daoine a ghluasad eadar dreuchdan - mar eisimpleir, ceann na seirbheis a' dol gu stiùiriche seirbheis, agus neach-obrach sòisealta gu neach-measaidh cùraim sòisealta. Cho-dhùin sinn gun robh dòigh na bu rianaile a dhìth ann a bhith a' cumail sùil air buaidh leithid a dh'atharrachaidhean. Gidheadh, bhathar a' meas san fharsaingeachd gun robh na ceuman seo mar fhreagairt deimhinn, pragmatigeach leis a' chuid a bu mhotha den luchd-obrach ris an do bhruidhinn sinn.

A dh'aindeoin seo, bha àireamh bheag de dh'obraichean neo-lionta - a bh' air tachairt ri linn 's gun deachaidh an luchd-obrach air adhart gu obair eile air neo gun robh iad tinn - a' toirt buaidh neo-chuimseach a thaobh beachd an luchd-obrach. Cho-dhùin sinn gun robh e riatanach don Chomhairle gum faicteadh e gun robhar a' cur an gnìomh am poileasaidh a thaobh stiùireadh luchd-obrach nach robh an làthair, agus sin air dòigh cheart, chothromach agus èifeachdach ann an suidheachaidhean dhen t-seòrsa seo.

b) Leasachadh is taic an luchd-obrach

Bha leabhar-làimh fastachd na Comhairle cuimseach, a' toirt sùil air a h-uile poileasaidh a bhuin ri luchd-obrach. Bha fianais ann gun robhar ag ath-sgrùdadh is a' leasachadh na sgrìobhainn chudtromach seo gu cunbhalach.

Bha planaichean-trèanaidh ann don dà chuid seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd. Fhuair sinn fianais air deagh thachartasan trèanaidh - mar eisimpleir, stiùireadh luchd-obrach, cho math ri cùrsa trì latha ann an stiùireadh.

Chaidh fiosrachadh a thoirt dhuinn a sheall gun robh siostam ann a chum sùil air luchd-cleachdaidh a bha clàraichte aig Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba (CSSA)<sup>17</sup>. Gidheadh, cha robh e buileach cho soilleir ciamar a bhathar a' cumail sùil air, agus a' dèiligeadh ri, mar a bhathar a' cumail ri còdan cleachdaidh agus a' cur chàsan gu CSSA.

Ged a dh'aithnich a' chuid a bu mhotha den luchd-obrach oidhearpan an luchd-stiùiridh fhèin ann a bhith a' toirt seachad stiùireadh, bha fianais ann nach robhar a' toirt seo a-mach thar nan dà roinn. Bha nach robh gu leòr de stiùireadh cunbhalach dìonta ann a' bualadh air luchd-obrach a thachair ruinn aig a h-uile ìre, eòlas ann neo às. A dh'aindeoin seo, bha luchd-obrach comasach air tarraing a thoirt air leasachadh a ghabh àite o chionn ghoirid a thaobh bitheantais, agus b' e am beachd san fharsaingeachd gun robh ìre an stiùiridh, nuair a thachair e, deimhinn.

---

<sup>17</sup> Cuiridh Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba (CSSA) an cèill bun-ìrean riatanach a thaobh trèanadh is ionnsachadh an dèidh clàraidh. Gheibhear mion-fhiosrachadh aig:

<http://www.sssc.uk.com/sssc/already-registered/post-registration-training-and-learning-prtl.html>



#### Moladh 4

Bu chòir an dà chuid seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean shòisealta is coimhearsnachd am poileasaidh iomlan air stiùireadh obrach shòisealta a chur an gnìomh. Bu chòir siostaman fiosrachaidh luchd-stiùiridh agus fèin-mheasadh iomchaidh a bhith an-sàs 'sa chùis mar thaic air seo. Bheir Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim cuideachadh iomchaidh seachad mar thaic don mholadh seo.

Ged a bha luchd-obrach san fharsaingeachd a' bruidhinn ann an dòigh deimhinn mu chothroman-trèanaidh (taobh a-staigh rud beag de dhìth chothroman ri linn iomallachd nan Eilean Siar), bha aon bhuidheann de luchd-obrach gam faicinn fhèin an urra ri seòrsa de bhacadh air trèanadh - rud, a bhathar ag ràdh, a thàinig orra ri linn 's gun robh fèill mhòr air seirbheisean. Cho-dhùin sinn gun robh e cudtromach gun rèitich luchd-stiùiridh an suidheachadh seo leis a' bhuidhinn a bhuin ris a' chùis, oir bha dragh ann mu dheidhinn leasachadh proifeiseanta agus gur dòcha gum bualadh e air clàradh CSSA san àm ri teachd.

#### c) Stiùireadh neo-làthaireachd agus suidheachaidhean obrach

Ged a bha seirbheisean foghlaim is cloinne (ach luchd-teagaisg) clàraichte mar chuid den fheadhainn aig an robh na h-ìrean a b' àirde de neo-làthaireachd ri linn tinneis anns a' Chomhairle (cuimse de 6.35%), cha robh am figear seo a-mach às àite an coimeas ri ùghdarrasan eile. Ged a bha na figearan a' cur an cèill gun robh seo na b' ìsle, agus gun robhar a' fàs na b' àirde san fharsaingeachd, bha an luchd-stiùiridh a' dèanamh fòcas air seo mar raon dragha, agus bhathar a' cleachdadh deagh phròiseas gus aithrisean a dhèanamh.

#### d) Riarachadh is stiùireadh meud na h-obrach

Mar a chaidh a ràdh roimhe, bha siostaman stiùireadh obrach anns gach roinn, air an cur ri chèile mar chuideachdadh do luchd-stiùiridh agus do luchd-obrach ciad-shreath ann a bhith ag ath-sgrùdadh agus a' planadh na h-obrach.

Thar nan dà sheirbheis, shaoil luchd-obrach shòisealta ris an do bhruidhinn sinn gum b' urrainn dhaibh san fharsaingeachd an gnothach a dhèanamh a thaobh meud an cuid obrach. Gidheadh, bha aon bhuidheann, a dh'aindeoin a bhith ag obair le car an aon lìon de luchd-cleachdaidh seirbheis, air am faicinn a bhith fo ìre na bu mhotha de chuideam na sgiobaidhean obrach shòisealta eile - beachd a bh' air a bhith a' dol car tamaill (rud inntinneach, 's e an aon bhuidheann nach robh, a rèir choltais, a' faighinn trèanadh gu leòr). Cho-dhùin sinn gum bu chòir luchd-stiùiridh barrachd rannsachaidh a dhèanamh air seo leis an luchd-obrach sin.

#### e) Conaltradh agus dol-an-sàs le luchd-obrach

Fhuair sinn raon dhuilgheadasan a thaobh conaltradh le luchd-obrach - gu sònraichte a thaobh pàirt de dh'ath-eagrachadh agus stèidheachadh nan dà roinn.

Rud brosnachail, bha measadh a rinn buidheann A' Cur Luach Nar n-Obraichean<sup>18</sup> air seirbheisean foghlaim is cloinne, a chrìochnaich ann an Dùbhlachd 2011, a thuirte gun robh an roinn a' coileanadh na bha a dhìth de dh'ìre-feabhais na buidhne seo. Ann a bhith a' ruigsinn a' cho-dhùnadh seo, bha an neach-measaidh air aithneachadh dè cho math 's a dh'fhaodadh an t-seirbheis aonaichte a bhith, agus bha deagh chleachdadh ainmichte cuideachd.

Gidheadh, fhuair sinn gun tàinig cuid de na duilgheadasan a bha roimh sheirbheisean foghlaim is cloinne às an doirbheadas is an dàil ann a bhith ag aonachadh luchd-obrach shòisealta a-steach do na còig coimhearsnachdan-ionnsachaidh. A dh'aindeoin dè cho fada 's a bha an roinn air a bhith ann (chaidh gabhail ris na h-atharrachaidhean ann an Samhain 2009), fhuair sinn gun robh dìth adhartais a thaobh a bhith a' faighinn buannachd às aonachadh seirbheisean obrach shòisealta cloinne agus foghlaim. An àite seo, bha cuid de na h-atharrachaidhean a thachair o chionn ghoirid - mar eisimpleir, atharrachaidhean a thaobh an ròl, an rian air stiùirichean agus an tìotal-obrach a bh' aig oifigearan in-ghabhail, a bha stèidhichte anns na coimhearsnachdan-ionnsachaidh - air daoine fhàgail troimh-chèile.

Bha mar a bha luchd-obrach a' faicinn rudan eile, rudan a dh'fhaodadh a ràdh a bha na b' fhasa dèiligeadh riutha, leithid gluasad no imrich, car dona - le fianais gun robh luchd-stiùiridh gun a bhith a' toirt seachad fiosrachadh bunaiteach. San fharsaingeachd, bha an luchd-obrach ciad shreath ris an do choinnich sinn gam faicinn fhèin 'a-mach às an lùb'. Bha seo ri fhaicinn ann an dà chuid Uibhist agus Barraigh agus am measg an luchd-obrach sin a bha stèidhichte ann an Steòrnabhagh. Bha feum air luchd-stiùiridh ann an seirbheisean foghlaim is cloinne aghaidh a chur air na beachdan seo.

Chaidh fianais a thoirt dhuinn ann an suirbhidh luchd-obrach ann an seirbheisean foghlaim is cloinne (11 a-mach à 45 freagairtean bho obair shòisealta neo raointean a bhuin ri obair shòisealta na seirbheis), crìochnaichte ann an Dùbhlachd 2012. Am measg nan raointean anns an suirbhidh seo bha ceannas, stiùireadh is taic, mar a leasaichear seirbheisean agus obair ann an com-pàirteachas. Bha na freagairtean san fharsaingeachd deimhinne, ged a bha beachdan na bu chruaidhe ann air conaltradh, leasachadh leantainneach proifeiseantach agus meud na h-obrach. Cha robh plana-gnìomha ann gus sealltainn ciamar a rachadh toraidhean an t-suirbhidh a thoirt air adhart. Am measg luchd-obrach, fhuair sinn gun robhar mothachail gun do ghabh seo àite, ach nach robhar mothachail air toraidhean an

---

<sup>18</sup> Ainm frèama leasachaidh gnìomhachais, air a chur ri chèile gus leasachadh a thoirt air coileanadh maoinachais, prothaideachd agus torachd, agus gus leigeil le luchd-obrach a bhith an-sàs gu ìre nas motha agus tuilleadh fòcais a thoirt dhaibh. Gheibhear fiosrachadh aig: [www.iipscotland.co.uk/](http://www.iipscotland.co.uk/)

t-suirbhidh neo buaidh no leasachadh sam bith a thachair mar bhuil air. A thaobh seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd, bha ceistean gun fhuasgladh mu chùisean a bhuin ri stiùireadh proifeiseanta agus cunntachalachd. Bha grunn cheistean air èirigh às a bhith a' cur luchd-stiùiridh gun teisteanas ann an obair shòisealta ann an dreuchd mar cheannairdean air seirbheis air an robh uallach obair shòisealta inbheach (cho math ri seirbheisean coimhearsnachd eile nach do bhuin ri obair shòisealta), ceistean a thaobh cunntachalachd phroifeiseanta agus dèanamh cho-dhùnaidhean.

Cha robh moladh cinnteach ann a thaobh a bhith a' cur aghaidh air na ceistean cudtromach seo aig àm ar sgrùdaidh, seach a bhith a' cruthachadh dà dhreuchd a bharrachd, aig ìre prìomh-oifigear, gus na cùisean seo a chnuasachadh. Ged a dh'aithnicheas sinn gun robh an stiùiriche mothachail air na dh'fhaodadh tachairt an lùib nan dà dhreuchd seo ro àm, 's e ar beachd gun robh feum air sùil na bu ghnìomhaich air na suidheachaidhean seo, aig ìre na bu thraithe. Cumaidh an neach-sgrùdaidh ceangailte sùil air na ceuman a ghabhas A' Chomhairle ann a bhith a' cur aghaidh air na ceistean seo ri linn 2012.

#### Moladh 5

Feumaidh luchd-stiùiridh ann an seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd conaltradh nas fheàrr a bhith eadarra fhèin agus an co-luchd-obrach ciad shreath, a' tòiseachadh le aghaidh a chur air na ceistean a dh'èirich às ath-eagrachadh seirbheisean obrach shòisealta. Mar thaic, bu chòir A' Chomhairle suirbhidh luchd-obrach a dhèanamh aig toiseach 2013 gus adhartas san raon seo a thomhas.

## 5.6 FÈIN-MHEASADH, PLANADH IS LÌBHRIGEADH LEASACHAIDH

### Adhbharan an sgrùdaidh

Thug sinn fa-near gun robh deagh shiostam fèin-mheasaidh, stèidhichte o chionn fhada, ann an seirbheisean foghlaim, agus bha sinn airson barrachd fhaighinn a-mach mu na ghabhadh dèanamh gus seo a leasachadh 's a chur air dòigh airson seirbheisean obrach shòisealta do chloinn. Cuideachd bha ceistean againn mu dheidhinn fèin-mheasaidh ann an seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd, air an robh deagh choltas gun do shoirbhich leotha aig diofar ìrean. Bha grunn cheistean a bhuin ri ìre-feabhais agus meudachd planadh seirbheis. Cuideachd bha sinn airson barrachd fhaighinn a-mach mu dheidhinn barantas feabhais san dà roinn, on a bha dìth fianais san raon seo.

### Fianais an sgrùdaidh

#### a) Fèin-mheasadh

Taobh a-staigh seirbheisean foghlaim is cloinne, bhathar air a bhith cleachdte

ri fèin-mheasadh o chionn ùine mhòir, stèidhichte air stuthan-leasachaidh OSFnB / sgoiltean Foghlam na h-Alba agus SFUI<sup>19</sup>. Thar nan còig coimhearsnachdan-ionnsachaidh, bha sgioba de thriùir oifigearan-leasachaidh-ìre-feabhais a' cumail taic ri fèin-mheasadh ann an sgoiltean. Bhathar a' beachdachadh air dòighean san gabhadh an sàr-mhodail air a dheagh-stèidheachadh seo a chur an-sàs ann an obair shòisealta cloinne agus theaghlaichean. Mar eisimpleir, bha stuthan fèin-mheasaidh, ged a bha iad a' toirt fòcas air toraidhean-ionnsachaidh sa chiad àite, air a bhith a' toirt a-steach obair shòisealta cuideachd aig diofar ìrean.

Dhearbh ar sgrùdadh gun gabhadh buannachd a bhith aig deagh shiostam de dh'fhèin-mheasadh ann am foghlam do dh'obair shòisealta. Gidheadh, bha seo fhathast aig ìre thràth a thaobh obrach shòisealta, bha dèine a dhìth sa chùis, agus cha robh e air obrachadh cho math 's a bha còir ri linn duilgheadasan ann a bhith ag aonachadh seirbheisean obrach shòisealta agus foghlaim.

Bha a' chuid a bu mhotha de dh'fhèin-mheasadh ann an seirbheisean obrach shòisealta cloinne air tighinn às an riatanas a bhith ullamh gu sgrùdadh on taobh a-muigh - mar eisimpleir, às sgrùdadh OSFnB air seirbheisean dìon cloinne ann an 2009, agus sgrùdadh Choimisean a' Chùraim air seirbheisean altramachd is uchd-mhacachd ann an 2012.

An dèidh sgrùdadh air seirbheisean dìon cloinne ann an 2009, bha an com-pàirteachas dìon cloinne air obair a dhèanamh cuide ris an sgrùdaire-stiùiridh ann an Giblean is Sultainn 2011, a chor is gun rachadh sgrùdadh faidhle ioma-bhuidhinn a chrìochnachadh. A' tighinn air adhart on sgrùdadh sin, chaidh plana-leasachaidh a chur ri chèile, a' dìreadh air ìre-feabhais aithisgean, obair thimeil eadraiginn agus co-ionannachd maoinachais thar sheirbheisean.

Ann an seirbheisean inbheach, rinneadh sgrùdadh faidhle, stèidhichte air seann teamplaid leughaidh BSOS, ann am Màirt 2011. Cha deachaidh le h-oidhearpan gus sgrùdaidhean faidhle cunbhalach a thoirt a-steach. Gidheadh, bha duine de na stiùirichean-sgioba a bha an-sàs ann an leughadh faidhle MSTI air a dhol air adhart agus air teamplaid leughadh faidhle a chleachdadh mar phàirt de sgrùdadh a rinn an co-luchd-obrach aca. Ri linn 's gun d' fhuair eadhon freagairtean math air ais aig buill na sgioba, bhathar am beachd seo a dhèanamh a-rithist gu cunbhalach.

Bha A' Chomhairle air obair èifeachdach a dhèanamh cuide ri BSOS agus ri buidhnean com-pàirteachais ann an Ùghdarras Ceartas Eucoireach mu Thuath ann a bhith a' dèanamh fèin-mheasadh air seirbheisean luchd-eucoir fìor chunnartach. Chaidh aig seirbheisean ceartas eucoireach air sgrùdadh ràitheil a thoirt a-steach 's a chumail a' dol, a bha a' coimhead air 10% de dh'aithisgean sòisealta a chaidh ullachadh do na cùirtean. Bha an neach-stiùiridh air an robh an uallach seo comasach air cunntas a thoirt seachad air na buannachdan a dh'èirich às seo a thaobh còmhradhean

---

<sup>19</sup> Sgrùdadh air Obair-Fhoghlaim Ùghdarrasan Ionadail.

proifeiseanta agus leasachadh seirbheis.

## b) Planadh Seirbheis

Clann is teaghlaichean

Bha plana-stiùiridh seirbheisean foghlaim is cloinne 2011-12 gu 2015-16 ceangailte ris an aonta aona thoradh (AAT)<sup>20</sup> agus ri toraidhean ionadaile. Bha e roinnte ann an trì raointean: seirbheisean cloinne, foghlam agus leasachadh ìre-feabhais. Bha tuilleadh mion-fhiosrachaidh ri fhaighinn san earrann air foghlam sa phlana. Bha an earrann a bhuin ri leasachadh ìre-feabhais a' dìreadh gu h-iomlan air foghlam.

Bha am plana air àrd-ìre, agus cha robh e soilleir càite an robh am mion-fhiosrachadh air gnìomhan a rinneadh neo na sgèilean-tìme 's mar sin air adhart ri fhaotainn.

Dh'ainmich am plana, tro sgrùdadh NLCB<sup>21</sup>, na raointean anns an robh leasachadh a dhìth, nam measg planadh fad-theirmeach do chloinn. Bha gnìomhan a bhuin ri gach raon seo gu bhith air an toirt a-steach do Eadarphlan.

Seirbheisean Seann Daoine

B' e ar beachd gun robh dìth mion-fhiosrachaidh ann am plana-gnìomha 2011-12 a thaobh leasachadh seirbheisean seann daoine sna h-Eileanan Siar. Ged a chaidh a ràdh gun robh am plana ri fhoillseachadh an Cèitean 2010, bha am plana a fhuair sinne fhathast ri chrìochnachadh.

Seirbheisean eile

Bha tòrr bheàrnan soilleir san raon de phlanaichean seirbheis a chaidh a thoirt dhuinn, nam measg duilgheadasan a thaobh ionnsachaidh, ciorraim, slàinte-inntinn agus mothachaidh. A rèir an luchd-stiùiridh, chaidh dèiligeadh ris na cuspairean sin sa phlana-ghnìomhachais choitcheann agus (sa chuid is motha) tro ro-innleachd co-roinnte cuide ri Com-pàirteachas Slàinte Coimhearsnachd is Cùram Sòisealta (CSCiCS). A dh'aindeoin a' mhìneachaidh seo, b' e ar co-dhùnadh gun robh feum air barrachd soillearachaidh ann am planadh seirbheis thar seirbheisean inbheach, agus ròl nas motha a thaobh gnìomhachd is ro-innleachd ann an raointean seirbheis eile - gu h-àraid dìth mothachaidh.

## c) Leasachadh seirbheis

---

<sup>20</sup> An dòigh sam bi Com-pàirtichean Planaidh Coimhearsnachd ag aontachadh dè na prìomh ro-innleachdan do na sgìrean ionadaile aca, agus mar a chuireas iad an cèill na prìomh ro-innleachdan sin mar thoraidhean a dh'fheumar a libhrigeadh leis na com-pàirtichean, an aona chuid air leth neo còmhla.

<sup>21</sup> NLCB – Neartan, Laigsean, Cothroman, Bagairtean.

Chuir gach roinn aithisg ràitheil plana-gnìomha agus PCC<sup>22</sup> chun na Comhairle, a rèir Eadarphlan, siostam stiùiridh coileanaidh corporra. Bha adhartas a bhuin ri gach gnìomh comharraichte le taga dearg, òmar neo uaine.

Cha robh sinn cinnteach ciamar a chaidh cuid de na gnìomhan a bhuin ri obair shòisealta a thaghadh, neo ciamar a dh'fhaodadh iad a bhith air an ath-sgrùdadh a rèir atharrachadh ann am prìomh amasan / raointean leasaichte. Bha gun tugadh Eadarphlan a-steach mar siostam stiùiridh coileanaidh a' riochdachadh fìor leasachadh o àm sgrùdadh coileanaidh 2006. Gidheadh, bha fianais ann gun robh cuid mhòr den fhiosrachadh a chaidh a chur a-steach gu Eadarphlan gun fheum ann a bhith a' stiùireadh agus a' leasachadh coileanaidh. Chuir an dithis stiùiriche an cèill gu deimhinn gun dèanadh iad ath-sgrùdadh air seo ro bhliadhna aithisg 2012-13.

Rud eile a bha na cùis dhragha, 's e gun robh 50% de gnìomhan ann an seirbheisean foghlaim is cloinne agus 31% de na PCCan 'far na slighe' - rud a thachair aig a' char as motha ri linn dreuchdan nach deachaidh a lìonadh, easpa comais agus ath-sgrùdadh air structair na roinne. A thaobh obrach shòisealta, cha robh ach aon a-mach à sia gnìomhan, agus ochd a-mach à ochd deug PCCan 'air-slighe'.

Aig ìre chorporra, thuirt co-luchd-obrach ann an aithisg o Oifis Sgrùdaidh na h-Alba gun d' rinn A' Chomhairle gu math a thaobh freagairt a thoirt don mheasadh on taobh a-muigh tro sgrùdadh. Gidheadh, cha robh sinne buileach cho cinnteach mu dheidhinn seo a thaobh obrach shòisealta. Ann am plana leasachadh seirbheis 2010-11, anns an robh ceistean a thogadh ri linn sgrùdadh 2006 BSOS agus na lean sin, bha liosta de gnìomhan, de sgèilean-tìme agus de na toraidhean is adhartasan a bha a dhìth am Màirt 2011. Ged a bha seo cuideachail mar gheàrr-chunntas, bha e soilleir gun robh cuid de rudan nach robh air tighinn air adhart gu h-iomlan.

Ann an seirbheisean foghlaim is cloinne, bha a bhith a' cur an gnìomh *Ga dhèanamh ceart do gach pàiste* air a mheas le tòrr den luchd-stiùiridh ris an do bhruidhinn sinn mar rud cudtromach ann a bhith a' toirt feabhais air toraidhean, a' sgioblachadh sheirbheisean agus a' cuideachadh aonachadh obair foghlaim is sòisealta, stèidhichte air clàr-gnothaich coitcheann. Chaidh dreachd aithisg comataidh a thoirt dhuinn a bha a' cur an cèill molaidhean a thaobh cur an gnìomh *Ga dhèanamh ceart* anns na h-Eileanan Siar. Bha seo - a bha còir aige tachairt ann an 2012 - gu bhith mar phàirt de chlàr de thrèanadh do luchd-obrach agus de thachartasan a thogadh aire. Ged a bha sinn a' tuigsinn agus a' gabhail ri bun-bheachd *Ga dhèanamh ceart* a chleachdadh mar mheadhan leasachadh seirbheis, bha sinn car draghail mu dheidhinn dìth gnìomhachd eadar-buidhne na h-iomairt seo (faic an earrann mu dheidhinn co-obrachadh ann an com-pàirteachas shìos).

#### d) Barantas feabhais

---

<sup>22</sup> Prìomh chomharra coileanaidh.

Clann is teaghlaidhean

Tha Aithisg Ìrean is Feabhas 2009-10 (Gearran 2011): Roinn Seirbheisean Foghlaim is Cloinne riatanach fo reachd. Cha robh ach aon iomradh air obair shòisealta san dreachd seo dhen aithisg, 's b' e sin, sgrùdaidhean bliadhnail Choimisean a' Chùraim, fear an dèidh a chèile, air seirbheisean altramachd agus uchd-mhacachd. Gidheadh, dh'fhaodadh an cruth seo a bhith feumail ann a bhith ag aithris air pàirtean de dh'obair shòisealta a bhuineas ri cloinn is ri teaghlaidhean.

Seirbheisean inbheach

Mar a chaidh a ràdh shuas, thugadh fianais dhuinn air sgrùdadh faidhle a rinneadh o chionn ghoirid (Màirt 2011), le plana-gnìomha mar bhuil air seo. Gidheadh, ri linn 's nach do bhuin am plana ri SSSSA, cha robh e soilleir ciamar a bhiodh na h-atharrachaidhean a chaidh a mholadh air an cur an gnìomh, air am measadh agus air an ath-sgrùdadh.

Ceartas eucoireach

Fhuair sinn fianais air sgrùdadh èifeachdach air sgrìobhadh aithisgean a bha a' dol air ais gu 2004-05. Air a dhèanamh ann an com-pàirteachas ri buill eile de dh'Ùghdarras Ceartas Eucoireach mu Thuath, b' e a' bhuil air seo gun robhar air leasachaidhean soilleir deimhinne a thoirt air cleachdaidhean, leis a' Chomhairle a' coileanadh gu math an taca ris na sia comhairlean eile a bha an-sàs sa chùis.

San fharsaingeachd, bha gun robh easpa ann an siostam fèin-mheasaidh ann an obair shòisealta, ga chur ri duilgheadasan ann a bhith a' toirt stiùiridh èifeachdaich do luchd-obrach (air an deachaidh tarraing a thoirt na bu traithe) a' ciallachadh gun robh easpa leasachaidh ann a thaobh barantas feabhais èifeachdaich. Bidh leasachadh a rèir ar molaidhean a thaobh stiùiridh agus a bhith a' stèidheachadh siostam èifeachdach leantainneach fèin-mheasaidh mar na ciad cheuman cudtromach ann a bhith a' barantachadh feabhas nas motha agus toraidhean nas fheàrr.

Cuide ri seo, tha Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim dealasach gun toirear comhairle is taic co-roinnte iomchaidh don dà roinn ann a bhith a' leasachadh prògram fèin-mheasadh leantainneach seasmhach a bhios an dà chuid a rèir agus a' cumail taic ris na h-atharrachaidhean a chaidh ainmneachadh san aithisg seo.

## **5.6. AG OBAIR ANN AN COM-PÀIRTEACHAS**

### **Adhbharan an sgrùdaidh**

San fharsaingeachd, bha na diofar chom-pàirtichean innleachdach air an deagh stèidheachadh, ged a bha ceistean againn fhathast mu mar a bha iad ag obrachadh. Bha rud beag de dh'fhianais ann gun robhar a' coileanadh nam

prìomh amasan, ach ri linn 's gun robh easpa planaichean-gnìomha SSSSA ann, cha robh mòran a sheall dè cho èifeachdach is a bha iad. Bha dìth soillearachaidh ann a thaobh dè cho mòr 's a bha luchd-cleachdaidh seirbheis agus luchd-cùraim an-sàs ann a bhith a' planadh is a' leasachadh sheirbheisean.

## **Fianais an sgrùdaidh**

a) Prìomh chom-pàirtichean innleachdach agus planadh com-pàirteachais

### Com-pàirteachas innleachdach

B' e Com-pàirteachas Slàinte Coimhearsnachd is Cùram Sòisealta (CSCiCS) am prìomh chom-pàirteachas ann an cùram slàinte is sòisealta. Chaidh a chur air bhonn san Ògmhios 2007 le sgeama sgrìobhte stèidhichte a bha air a chur ri chèile gu math le tòrr ann a thug mion-fhiosrachadh air dè ghabhadh a thoirt a-mach tro bhith ag obair na bu dlùithe ann an com-pàirteachas. Gidheadh, ann an aithisg a dh'fhoillsich Oifis Sgrùdaidh na h-Alba san Ògmhios 2011<sup>23</sup>, bha rud beag de chàineadh air a' chom-pàirteachas - b' e sin, nach robh rò soilleir leasaichte aca, agus nach robhar air adhartas gu leòr a dhèanamh ann a bhith a' cuideachadh le seirbheisean slàinte is cùram sòisealta aonachadh na b' fheàrr.

Bhathar a' cur aonta gu farsaing gun robh com-pàirtichean innleachdach obrach - gu h-àraid an fheadhainn sin cuide ri SNS nan Eilean Siar - air tighinn air adhart gu mòr o àm sgrùdaidh coileanaidh 2006. Gidheadh, bha an com-pàirteachas fada bho bhith a' solarachadh structair iomlan stiùiridh a thaobh slàinte agus cùraim sòisealta. Ri linn deasbaid cuide riutha, dh'aontaich luchd-stiùiridh nach deach na ghabhadh dèanamh le CSCiCS a choileanadh fhathast.

Bha gun robhar a' co-obrachadh na bu dlùithe ri thuigsinn gu soilleir sa chùmhnannt mu dheidhinn atharrachadh maoineachais (air an tugadh tarraing na bu thraithe san aithisg seo). Gidheadh, bha a leithid a leasachaidhean, cuide ris na chaidh a thoirt a-mach roimhe seo, mar eisimpleir stèidheachadh Faire agus seirbheis shingilte de leigheas-obrach, air èirigh ri linn seòrsa de phragmatachd seach amharc co-roinnte. Ged a ghabh an dà chuid A' Chomhairle agus SNS nan Eilean Siar ri seo, bha sinne den bheachd gun robhar ag iarraidh 'fàs orgànach' mar gum biodh, ach gun robh A' Chomhairle airson sùil a thoirt air na ghabhadh dèanamh le tuilleadh aonachaidh.

Leugh sinn raon de phlanaichean com-pàirteachais. Bha fiosrachadh math ann am plana-gnìomha 2011-12 mu leasachadh seirbheisean seann daoine a thaobh feartan-sluaigh is amasan atharraichte luchd-cleachdaidh seirbheis. Bha seo ag amas air ceangail a dhèanamh ri builean Aonta Aona Thoradh (AAT). Gidheadh, cha b' e plana-gnìomha ceart a bh' ann ri linn 's nach do bhuin e ri SSSSA. Bha na h-amasan farsaing agus stèidhichte air AAT. Ann

<sup>23</sup> Ath-sgrùdadh de Chom-pàirtichean Slàinte Coimhearsnachd, Ògmhios 2011.

[www.audit-scotland.gov.uk/docs/health/2011/nr\\_110602\\_chp.pdf](http://www.audit-scotland.gov.uk/docs/health/2011/nr_110602_chp.pdf)



an dreachd ùraichte air leth den phlana a chaidh a chur don chomataidh ann an 2011, cha robh fiosrachadh ann mu dheidhinn dè dìreach an t-adhartas a rinneadh a thaobh coileanadh amasan. Bha adhartas gu bhith air a mheasadh leis a' chom-pàirteachas a bhuin ri seann daoine, ach cha robh fiosrachadh sam bith ann mu ciamar a rachadh seo a dhèanamh.

Bha Ro-innleachd Ath-Chomasachadh 2011-12 math air a' bhun-bheachd seo a mhìneachadh, carson a bha e a dhìth agus mar a dh'fhaodadh obair neach-cùraim atharrachadh mar thoradh air. Gidheadh, bha easpa susbaint innleachdach ann - cha deachaidh dèiligeadh ri mar a rachadh seirbheis a leasachadh agus molaidhean a thaobh prògram mar seo a chur air bhonn gu farsaing ach san dà dhuilleig mu dheireadh. B' e deagh thoiseach-tòiseachaidh a bh' ann ach bha tòrr ri dhèanamh fhathast mus biodh e mar ro-innleachd.

Leugh sinn raon de cho-phoileasaidhean. Nam measg bha co-phoileasaidh a thaobh fàgail ospadail, poileasaidh ioma-bhuidhinn air tuiteam agus ro-innleachd air a dheagh sgrìobhadh airson luchd-cùraim òig - le rannsachadh ionadail mar thaic, a chor is gum biodh e mar bhunait fianaise gus prìomh fheuman is fhreagairtean a chur an cèill.

Thug planadh aonaichte a thaobh seirbheisean cloinne agus com-pàirteachas nam bliadhnaichean tràth fianais mhath air com-pàirtichean èifeachdach sna raointean seo. Bha rian riaghlaidh a chum taic ris a' phlana airson seirbheisean aonaichte cloinne air a leagadh a-mach gu soilleir, agus bha ceanglaichean ann ri com-pàirtichean ro-innleachdail eile. Bha deagh fhiosrachadh ann air ceistean a bhuin ri feartan-sluaigh agus mion-fhiosrachadh air lion nam pàistean sin aig an robh ainm air clàr dìon na cloinne. Bha còig coimhearsnachdan-ionnsachaidh (stèidhichte a thaobh àite) agus aig gach gin dhiubh bha buidheann ionadail cloinne a bha a' dìreadh air toraidhean SFEOCUEI<sup>24</sup>. Bha plana-gnìomha airson seirbheisean slàinte-intinn òigrìdh a chunnaic sinn dìreach ann an cruth car ùr fhathast.

Thug sinn tarraing na bu thraithe air obair a thaobh dòigh-obrach *Ga dhèanamh ceart* a thoirt a-steach airson chloinn is theaghlachan sna h-Eileanan Siar, 's cuide ris dreachd aithisg comataidh (a bha còir a bhith deiseil do choinneamh Dùbhlachd 2011 de chomataidh seirbheisean foghlaim is cloinne) a bha a' cur an cèill molaidhean a thaobh poileasaidhean gus seo a thoirt air adhart. Le bhith a' bruidhinn ri àrd-luchd-stiùiridh SNS nan Eilean Siar, bha e mar dhragh dhuinn a chluinntinn nach robhar an-sàs aig ìre àrd-luchd-stiùiridh a thaobh a bhith a' cur am poileasaidh seo an gnìomh.

Bha prìomh chom-pàirtichean an-sàs ann an obair shòisealta a bhuin ri ceartas eucoireach - mar eisimpleir, Ùghdarras Ceartas Eucoireach mu Thuath, buidhnean imfhillte ionadaile dìon a' phobail (BIIDPan), cho math ri ceanglaichean ri prìomh chom-pàirtichean eile, leithid buidhnean sàbhailteachd a thaobh drogaichean, deoch is coimhearsnachd.

---

<sup>24</sup> Sàbhailte, Fallain, Èasgaidh, Oilte, Coileanta, Urramaichte is Earbsach, In-ghabhete.

## Coimiseanadh ro-innleachdach

Dhearbh àrd-luchd-stiùiridh nach deachaidh adhartas mòr sam bith a dhèanamh a thaobh coimiseanadh ro-innleachdach bho 2006. Bha grunn adhbhar a chaidh ainmneachadh airson seo, nam measg beàrnan ann an dreuchdan stiùiridh aig prìomh ìre, agus ath-eagrachadh nan seirbheisean obrach shòisealta mar dhà roinn air leth. A dh'aindeoin nam bacaidhean seo, 's e ar beachd fhathast gur e seo prìomh amas don Chomhairle ma tha an dùbhlán sna bliadhnaichean ri teachd a thaobh feartan-sluaigh, cùisean sòisealta agus maoinachais ri choileanadh. Uime sin chan eil againn ach na chuir sinn an cèill ann an 2006 a mholadh a-rithist - ach an turas seo, le fèin-mheasadh le taic air a thairgsinn.

### Moladh 6

Bu chòir seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd ro-innleachdan coimiseanaidh a leasachadh, air an dealbhadh gus na toraidhean as fheàrr a choileanadh air sgàth luchd-cleachdaidh sheirbheisean agus an luchd-cùraim aca, a' leigeil le com-pàirtichean a bhith an-sàs far a bheil sin iomchaidh. Bheir Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim cuideachadh iomchaidh mar thaic don mholadh seo.

Ann a bhith a' toirt am moladh seo air adhart, bhiodh dùil againn ris an aon leasachadh fhaicinn a thaobh grunn cheistean air an do dhìrich sinn ar n-aire ann am pàirtean eile den aithisg seo, ceistean a tha riatanach a thaobh coimiseanadh èifeachdach de sheirbheisean, mar eisimpleir:

- Leasachadh ann an ceuman thoraidhean;
- Tomhas air feuman gun choileanadh;
- Easbhaidhean ann am planadh seirbheis;
- Stèidheachadh dòigh-obrach ro-innleachdach a thaobh pearsanachaidh; agus
- Siostam nas fheàrr a thoirt a-mach a thaobh 's gum bi luchd-cleachdaidh sheirbheisean agus luchd-cùraim an-sàs ann a bhith a' planadh is a' leasachadh sheirbheisean.

### Com-pàirteachas obrachaidh is seirbheis

Dh'amais sinn beachd coitcheann gun robh co-obrachadh ann an com-pàirteachas gu math èifeachdach aig a h-uile ìre. Bha am pànnal a bha an urra ri daoine a chur gu ionadan air tìr-mòr na fhòram a rinn sgrùdadh agus co-dhùnaidhean a thaobh ionadan le maoinachas co-roinnte taobh a-muigh nan Eilean Siar - leis an dà chuid A' Chomhairle agus SNS nan Eilean Siar a' cur goireasan maoinachais ris a' chùis.

Thug a' mhòr-chuid den luchd-obrach ciad shreath ris an do bhruidhinn sinn iomradh air cho cudtromach 's a bha co-obrachadh èifeachdach thar nam buidhnean, agus air mar a bhathar a' coileanadh seo gu ìre mhòir. Chuala sinn iomradh cunbhalach mu dheidhinn ceanglaichean èifeachdach ri

proifeiseantaich-slàinte air feadh nan Eilean Siar. Ann an seirbheisean foghlaim is cloinne, bha conaltradh ri maighstearan-sgoile air leth san fharsaingeachd glè mhath. Coltach ri 2006, chaidh am poileas a mholadh gu sònraichte ri linn cho math 's a ghabh iad ri obair ann an com-pàirteachas, aig gach ìre taobh a-staigh den dà roinn.

Gidheadh, thug cuid den luchd-obrach ann an seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd tarraing air duilgheadasan conaltraidh leantainneach a thaobh daoine a bhith a' fàgail ospadail - 's b' e a' bhuil, gun robh an corra uair nach robh seirbheisean ann sa chiad àite gus taic a thoirt do dhaoine nan dachaighean fhèin. Chuala sinn cuideachd o chuid de luchd-obrach gun gabhadh leasachadh a thoirt air ceanglaichean eadar seirbheisean do dhaoine le duilgheadasan-ionnsachaidh agus seirbheisean foghlaim. Cha robhar air teampalaid cho-roinnte shingilte dhealain airson measaidh a dhèanamh a thoirt gu bith, ri linn 's nach robh SNS nan Eilean Siar comasach air seo a chur an gnìomh. Gidheadh, bha adhartas ann an cuid de raointean co-obrachadh slàinte - mar eisimpleir, fhuair sinn a-mach gun robh luchd-banaltramachd a' dol nan stiùirichean cùraim ann an 30 a-mach à 130 càsan fosgailte ann an Uibhist 's am Barraigh. Cuideachd, bhathar a' meas gun robh coinneamh co-obrachaidh, ga cumail gach mìos ann am Beinn a' Bhaoghla gus sùil a thoirt air càsan imfhillte, mar dheagh eisimpleir de cho-obrachadh ioma-bhuidhinn, a rèir luchd-obrach shòisealta ris an do choinnich sinn.

#### b) Luchd-cleachdaidh seirbheis is luchd-cùraim a bhith an-sàs

San fharsaingeachd, 's beag mion-fhiosrachadh neo iomradh a fhuair sinn san fhianais air an tug sinn sùil a thaobh mar a bha luchd-cleachdaidh seirbheis agus luchd-cùraim an-sàs. Cha robh luchd-cleachdaidh seirbheis no luchd-cùraim ris an do bhruidhinn sinn ri linn ìre MSTI comasach air eisimpleir sam bith a shealltainn dhuinn gun robh iad an-sàs ann a bhith a' planadh neo a' leasachadh sheirbheisean, seach ceisteachain a lionadh. Thug sinn fa-near do bhuidhnean-planaidh sgìreil - rud, a bhathar ag ràdh, a bha mar chuideachadh aig CSCiCS ann a bhith a' leigeil leis a' phoball a bhith an-sàs ann am planadh seirbheis.

Am measg rudan eile ann an co-ro-innleachd fiosrachaidh do luchd-cùraim (Samhain 2009), bha earrann mu dheidhinn measaidhean luchd-cùraim taobh a-staigh pròiseas MSCR (Measadh Singilte Co-Roinnte). Chaidh seo a chur a-mach airson co-chomhairleachaidh gu buidheann ro-innleachd an luchd-cùraim agus gu com-pàirtichean diofraichte eile, leithid buidhnean a bhuin ri slàinte-inntinn agus duilgheadasan-ionnsachaidh, cho math ri buidhnean saor-thoileach.

Ann an aithisg adhartais ceangailte (2010) mu obair co-ro-innleachd an luchd-cùraim agus luchd-cùram òg, bha mion-fhiosrachadh mu raointean-obrach, nam measg oidhearpan air clàr luchd-cùraim a chur ri chèile, litrichean cunbhalach, ceisteachain, innleachd-measaidh luchd-cùraim

agus iomairtean eile. B' e deagh aithisg shoilleir a bha seo, le deagh fhiosrachadh agus fianais air rudan a chaidh a thoirt a-mach san dà-rìribh. Bha deagh fhianais san aithisg air obair com-pàrteachais èifeachdaich san raon seo.

Dhearbh ar sgrùdadh gun robh, ann an iomadh dòigh, A' Chomhairle agus a com-pàirtichean a' dèanamh oidhearpan leigeil le luchd-cleachdaidh seirbheis is luchd-cùraim a bhith an-sàs ann am planadh is leasachadh seirbheis. B' ann tro na buidhnean planaidh sgìreil a bha CSCiCS a' dèanamh seo mar phrìomh dhòigh. A bharrachd air seo, ann an comataidh nan seirbheisean co-roinnte aig CSCiCS, bha dithis riochdairean on treas roinn, a chaidh a chur air adhart tro fòram cùram coimhearsnachd nan Eilean Siar. Bha dòighean stèidhichte gu math aig seirbheisean foghlaim is cloinne a thaobh conaltradh ri cloinn is daoine òga ann an sgoiltean na Comhairle.

Fhuair sinn a-mach tro dheasbadaidh ri stiùirichean seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd gun robhar ann an conaltradh ri buidhnean coimhearsnachd ann an grunn dhòighean. Bha grunn shuirbhidhean de bheachdan luchd-cleachdaidh seirbheis air a bhith air an gabhail os làimh o chionn ghoirid, ged nach robh e buileach soilleir carson. Thug seirbheisean foghlaim is cloinne iomradh gun robh iad air aontachadh ris a' bhuidhinn Albannaich Cò a Nì Cùram? gus buidheann fòcais a chur air dòigh air sgàth dhaoine òga a bha fo chùram aca. B' e amas an t-seisein-sa, a chaidh a chumail am Faoilleach 2012, cothrom a thoirt do na daoine òga am beachdan a chur an cèill agus bruidhinn mu mar a dh'fhairich iad mu dheidhinn a bhith sàbhailte, fallain, èasgaidh, oilte, coileanta, urramaichte is earbsach agus in-ghabhete. Cuideachd thug sinn fa-near do dh'obair Buidheann Tagraidh nan Eilean Siar<sup>25</sup>, a bha a' toirt seachad seirbheisean tagraidh ionadail neo-eisimeileach. Bidh iadsan ag obair air sgàth a h-uile neach-cleachdaidh seirbheis, clann nam measg.

A dh'aindeoin na tha seo de dh'obair, cha d' fhuair sinn fianais sam bith air dòigh leantainneach neo deagh shiostam a thaobh a bhith a' leilgeil le luchd-cleachdaidh seirbheis is luchd-cùraim a bhith an-sàs ann am planadh is leasachadh seirbheis.

## **6. MOLAI DHEAN A THAOBH LEASACHAIDH**

Ann a bhith a' toirt nam molaidhean shìos air adhart, tha sinne ga fhaicinn riatanach cuideam a chur air an fheum gum bi barrachd ceannais is treòir ann an seirbheisean sòisealta na Comhairle. Tha leasachadh air a bhith ann o sgrùdadh coileanaidh BSOS 2006 ann an grunn raointean – mar eisimpleir, a thaobh stiùireadh coileanaidh agus leasachadh a thaobh poileasaidhean agus dòighean-obrach a chur ri chèile. A bharrachd air seo, tha prìomh sheirbheisean leithid altramachd is uchd-mhacachd air fàs gu math nas fheàrr

---

<sup>25</sup> Bheir Buidheann Tagraidh nan Eilean Siar seirbheis a tha saor 's an asgaidh, neo-eisimeileach agus dìomhair air feadh nan Eilean Siar, do -dh'inbhich, neachan air leth le duilgheadasan-ionnsachaidh, iadsan a dh'fhulaingeas tro dhuilgheadsan slàinte-inntinn, agus clann is daoine òga. Tha a' bhuidheann a' faighinn maoinachas ann am pàirt on Chomhairle agus o SNS nan Eilean Siar. [www.advocacywi.co.uk](http://www.advocacywi.co.uk)

san aon ùine - mar a chìtear ann am fianais o sgrùdaidhean a rinneadh latha eile le Coimisean a' Chùraim. Gidheadh, tha dìth adhartais air a bhith ann an grunn raointean cudtromach.

Tha àrd-luchd-stiùiridh sa Chomhairle air innse dhuinn, ri linn atharrachaidhean a ghabh àite o chionn ghoirid ann an structair nan dà roinn, cho math ri deòin aithneachadh agus gabhail ris na tha ri dhèanamh fhathast, gu bheil deiseil is comasach leasachadh a thoirt air cùisean. A bharrachd air seo, 's e ar beachd gu bheil e cudtromach gum bi ceannas làidir ann, a chor is nach cuirear dàil sa chùis mar a thachair roimhe seo.

Bha 20 moladh ann an aithisg sgrùdaidh coileanaidh 2006. A' coimhead air ais, tuigidh sinn gun do chuir seo dùbhlán ro-mhòr ron a' Chomhairle. Uime sin, an turas seo, saoilidh sinn gum bi e nas èifeachdaiche nas lugha de mholaidhean a chur comhla ri prògram seasmhach, le taic, de dh'fhèin-mheasadh.

'S e beachd àrd-luchd-stiùiridh gun dèan atharrachaidhean nan dreuchd a thachair o chionn ghoirid cinnteach gun tèid fianais na h-aithisge seo a chur a-steach gu plana-gnìomha èifeachdach. Tha na stiùirichean air cur an cèill gu dealasach gun obraich iad gu làidir cuide ri Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim.

Tha na sia molaidhean san aithisg seo mar shreath de shia ceuman, air an cur ri chèile gus cur ri clàr-gnothaich na Comhairle a tha ann an-dràsta agus gus a dhaingneachadh, mar a leanas:

- i. Feumaidh rian stiùiridh a thaobh cleachdadh làithreach, leasachadh is ath-ùrachadh Ciad Cùram a bhith air a shoillearachadh le àrd-stiùirichean ann an seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd, a chor is gum bi na tha riatanach de cheannas, de chunntachalachd, de leasachadh is de dhòighean-obrachaidh an t-siostaim ann.
- ii. Bu chòir seirbheisean foghlaim is cloinne co-obrachadh ri Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim a chor is gun stèidhichear tuigse iomchaidh co-roinnte de dh'ìrean measaidh, measadh cunnairt is stiùireadh cùraim is cunnairt anns a' Chomhairle. Bu chòir seo fhaicinn mar a' chiad cheum a dh'ionnsaigh leasachadh leantainneach sna raointean cudtromach seo de chleachdadh obrach shòisealta.
- iii. Bu chòir seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd dòigh-obrach èifeachdach leantainneach a stèidheachadh a thaobh fèin-mheasaidh a nì fòcas air leasachaidhean ann an ìrean measaidh, measadh cunnairt is stiùireadh cùraim is cunnairt. Mar thoiseach-tòiseachaidh, bu chòir an roinn sgrùdadh cuimseach a dhèanamh air seirbheisean dìon is taic do dh'inbhich, le taic is dearbhadh a' tighinn bho Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim.
- iv. Bu chòir an dà chuid seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean

sòisealta is coimhearsnachd poileasaidh stiùiridh na h-obrach shòisealta a chur an gnìomh gu h-iomlan. Bu chòir feum a chur air siostaman fiosrachaidh luchd-stiùiridh agus fèin-mheasadh iomchaidh gus taic a chumail ri seo. Bheir Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim cuideachadh cothromach seachad mar thaic don mholadh seo.

- v. Feumaidh stiùirichean ann an seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd conaltradh nas fheàrr a bhith aca rin co-luchd-obrach ciad shreath, a' tòiseachadh le bhith a' cur aghaidh air na ceistean a thig às ath-eagrachadh seirbheisean obrach shòisealta. Mar thaic don rud seo, bu chòir A' Chomhairle suirbhidh luchd-obrach a dhèanamh aig toiseach 2013 gus adhartas san raon seo a thomhas.
- vi. Bu chòir seirbheisean foghlaim is cloinne agus seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd ro-innleachdan coimiseanaidh a leasachadh, air an cur ri chèile gus na toraidhean as fheàrr a thoirt a-mach do luchd-cleachdaidh sheirbheisean agus an luchd-cùraim aca, a' leigeil len com-pàirtichean ro-innleachdach a bhith an-sàs far a bheil sin iomchaidh. Bheir Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim cuideachadh iomchaidh seachad mar thaic don mholadh seo.

## **7. NA H-ATH CHEUMAN**

Iarraidh sinn air a' Chomhairle plana-gnìomha SSSSA a chur ri chèile, stèidhichte air na molaidhean seo.

Agus sinn dealasach gnìomhach gun tèid fèin-mheasadh adhartachadh agus a bhrosnachadh, bidh cothrom is roghainn ann don Chomhairle fèin-mheasadh le taic a dhèanamh. Far a bheil e iomchaidh, bidh pàirtean den rud seo air an toirt a-steach don phlana-ghnìomha.

Cumaidh an stiùiriche ceangailte suas conaltradh cunbhalach ris a' Chomhairle. Nì e obair dhlùth ri co-luchd-obrach Luchd-Sgrùdaidh a' Chùraim, a tha an-dràsta an-sàs ann an sgrùdadh is leasachadh seirbheisean cùraim a tha fo riaghlaidh agus seirbheisean dìon cloinne. Cumaidh e sùil air coileanadh na seirbheis, a' gabhail a-steach adhartas sam bith a dhèanar a thaobh nam molaidhean shuas. Thèid fiosrachadh on aithisg-sgrùdaidh a chur ri ath-sgrùdadh ùr Plana Barantais is Leasachaidh na Comhairle, a thèid fhoillseachadh nas fhaide air adhart sa bhliadhna 2012.

Marc Hendrikson  
Àrd-Sgrùdaire  
22 Gearran 2012



## Pàipear-taice 1 Liosta seiseanan-sgrùdaidh

Raon Cunnairt	Àireamh de Sheiseanan	Sgrùdadh
Riaghladh agus stiùireadh maoinachais	8	Agallamh le àrd-stiùiriche maoinachais chorporra
		Agallamh le stiùiriche SF&C <sup>26</sup>
		Agallamh le stiùiriche maoinachais SS&C <sup>27</sup>
		Agallamh le àrd-oifigear, CnES
		Agallamh le stiùiriche seirbheis, SS&C
		Agallamh le stiùiriche seirbheis, SF&C
		Agallamh le neach-gairm comataidh seirbheisean foghlaim is cloinne
		Agallamh le neach-gairm comataidh co-sheirbheisean CSCiCS
Stiùireadh luchd-obrach	1	Buidheann fòcais, planadh luchd-obrach
Toraidhean	7	Stiùiriche ciad shreath - Uibhist & Barraigh, SF&C
		Buidheann fòcais – stiùirichean ciad shreath – SF&C
		Buidheann fòcais - stiùirichean ciad shreath, SS&C
		Buidheann fòcais - luchd-obrach ciad shreath SS&C
		Luchd-obrach ciad shreath, SF&C, Uibhist agus Barraigh
		Luchd-obrach ciad shreath, SS&C, Uibhist & Barraigh
		Fòram lighichean
Measadh agus stiùireadh cùraim	8	Buidheann fòcais luchd-cleachdaidh seirbheisean slàinte-inntinn
		Buidheann fòcais daoine le duilgheadasan-ionnsachaidh

<sup>26</sup> Seirbheisean foghlaim is cloinne

<sup>27</sup> Seirbheisean sòisealta is coimhearsnachd



		Cathraiche neo-eisimeileach pannal altramachd is uchd-mhacachd
		Sgioba altramachd is uchd-mhacachd
		Agallamh le Oifigear Leasachaidh Seirbheis, SF&C
		Co-Agallamh le stiùirichean air a bheil uallach Ciad Cùram
		Làimhseachadh is sgrùdadh chasaidean: SF&C agus SS&C
		Agallamh le stiùiriche duilgheadasan-ionnsachaidh
Cunnart	3	Agallamh le prìomh-oifigear dìon inbheach is slàinte-inntinn
		Sùil air cleachdadh
		Coinneamh sùil air cleachdadh le lighiche gus càs dìon aona inbheach a dheasbad
Fèin-mheasadh	2	Buidheann fòcais: stiùirichean SS&C air a bheil uallach fèin-mheasadh a dhèanamh
		Buidheann fòcais: stiùirichean SF&C air a bheil uallach fèin-mheasadh a dhèanamh
Com-pàirteach as	3	Tele-cho-labhairt le stiùiriche bhanaltram / àrd-oifigear obrachaidh, SNS nan Eilean Siar
		Buidheann fòcais - luchd-obrach ann an seirbhis uairean-a-muigh
		Stiùiriche, Buidheann Tagraidh nan Eilean Siar
<b>Iomlan</b>	<b>32</b>	
Deagh chleachdadh	3	Coinneamhan le stiùirichean, luchd-obrach ciad shreath, luchd-cleachdaidh seirbheis: <ul style="list-style-type: none"> <li>• Co-òrdanachadh Ionadail</li> <li>• Sgeama Pìolaiteach Sochairean Mhic a' Mhaoilein</li> <li>• Ionad Mothachaidh</li> </ul>